

Say how many people are in your family

Talk about where people are from

Give information about yourself and your family

Mi fhìn is mo theaghlach

Cànan:

Personal numbers –

Tha còignear nam theaghlach.

An ann à/às ... a tha do theaghlach?

Is ann/Chan ann à/às ... a tha mo theaghlach.

Rugadh is thogadh mi...



Bruidhinn



Èist



Leugh



Sgrìobh



Coimhead




1. Sùil air ais

An teaghlach agam

- Coimhead air na faclan anns a' bhogsa.
- Coimhead air an dealbh.
- Sgrìobh an litir cheart airson gach neach den teaghlach.

Look at the family tree. Read the words in the box. You will have seen them all before. Match each member of the family with the correct letter. Two of them have been done for you.



An teaghlach agam

bràthair mòr
seanmhair

piuthar mhòr
bràthair beag

h) antaidh

piuthar bheag

màthair

athair

seanair

g) uncail



2. Teaghlach Ùisdein

- Èist ris an earrainn. (Earrann 1)
- Tha Ùisdean a' bruidhinn mun teaghlach aige.
- Sgrìobh agus lìon an clàr.

Listen to Hugh talking about his family. Copy and complete the table.

	Name	Family Member	Age
a.	Donald		
b.	Catherine	Mum	
c.	Helen		20
d.	James		
e.	Finlay	Little brother	3
f.	Peggy		
g.	Catherine		



3a. Tha dithis nam theaghlach

- Èist ris na daoine seo. (Earrann 2)
- Tha iad ag innse cia mheud a tha anns an teaghlach aca.
- Coimhead air na dealbhan. (a-i)

Listen to these people. They are saying how many people are in their family. Look at the picture for each family. (a-i)





3b. Cia mheud a th' anns an teaghlach aig Màiri?

- Coimhead air na cairtean seo le dealbhan theaghlaichean orra.
- Tha gach cairt a' ceangal ri aon de na seantansan a leanas.
- Ceangail gach cairt ris an t-seantans iomchaidh.
- Tha a' chiad fhear air a dhèanamh dhut.

Look at the cards below with pictures of different family groups. Match each card with the correct statement about the number of people in that family. The first one has been completed for you.

1. e) Tha seachdnar anns an teaghlach aig Màiri.

1.

2.

3.

4.

5.

6.

7.

8.

a.	Tha ceathrar san teaghlach aig Ruairidh.
b.	Tha dithis anns an teaghlach aig Tormod.
c.	Tha triùir anns an teaghlach aig Mustapha.
d.	Tha còignear anns an teaghlach aig Marcus.
e.	Tha seachdnar anns an teaghlach aig Màiri.
f.	Tha aon duine anns an teaghlach aig Pippa.
g.	Tha deichnear anns an teaghlach aig Ailean.
h.	Tha sianar san teaghlach aig Fionnghal.



4. Tha sianar nam theaghlach

- Èist ris an earrainn. (Earrann 3)
- Cia mheud a tha anns gach teaghlach?
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

Listen to these people. How many people are in their families? Write the correct number for each family. The first one has been done for you.

- a) Five b) c) d)
- e) f) g)



5. Tha ochdnar nam theaghlach

- Leugh agus sgrìobh na seantansan.
- Dèan dealbhan beaga a' sealltainn cia mheud a tha anns gach teaghlach.
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

Copy the Gaelic sentences. Beside each one make a little sketch showing the number of people in each family. Stick figures will do. The first one has been done for you.

1. 

1. Tha ochdnar nam theaghlach.
2. Tha còignear nam theaghlach.
3. Tha deichnear nam theaghlach.
4. Tha ceathrar nam theaghlach.
5. Chan eil ach dithis nam theaghlach.





6. Cia mheud a tha anns an teaghlach?

- Obraich còmhla ri caraaid.
- Coimhead air na dealbhan beaga.
- Faighnich do charaid cia mheud a tha nad theaghlach.
- Gabhaibh turas mu seach.
- Sgrìobh seantans ann an Gàidhlig airson gach teaghlach.

Pretend each set of pictures represents your family.

Your partner will ask you how many people are in your family.

Take turn about. When you have finished, write a suitable Gaelic sentence for each set of pictures.





7. Chan eil ach dithis nam theaghlach

- Leugh am fiosrachadh.
- Coimhead air na dealbhan.
- Maids na daoine 1-10 ris a' chòrr den teaghlach aca.

Read the speech bubbles. Each person is giving information about their family. Look at the pictures of families (a-j). Match each person with the rest of their family.

1.



Chan eil ach dithis nam theaghlach - mise agus mo mhàthair.

Tina

Chan eil ach dithis nam theaghlach - mi fhin agus mo sheanair.



Alasdair

3.



Tha triùir nam theaghlach - m' athair, mo phiuthar agus mi fhin.

Sharon

Tha ceathrar nam theaghlach - mise, mo bhràthair, m' athair agus mo mhàthair.



Eachann

5.



Tha ceathrar nam theaghlach. Tha piuthar bheag agus bràthair mòr agam. Tha mise agus mo mhàthair ann cuideachd.

Beathag

Tha còignear nam theaghlach. Tha triùir bhràithrean agam agus tha mise agus mo sheanmhair ann.



Teàrlach

7.



Tha sianar nam theaghlach. Tha dithis bhràithrean agus aon phiuthar agam. Tha mi fhin, m' athair agus mo mhàthair ann cuideachd.

Sileas

Tha sianar nam theaghlach. Tha dithis pheathraichean agam, aon bhràthair agus tha m' athair agus mo mhàthair ann cuideachd.



Uilleam

9.









Chan eil ach aon phiuthar agus aon bhràthair agam. Tha mise agus m' athair ann cuideachd. Tha ceathrar nam theaghlach.









Liùsaidh






Tha teaghlach caran mòr agam. Tha dithis pheathraichean, aon bhràthair, seanmhair agus athair agam. Ò agus mise cuideachd! - Sin sianar.
















Calum

a.  b.   c.   

d.    e.     

f.     

g.     h. 

i.    j.     



8. Nam theaghlach...

- Obraich còmhla ri caraid.
- Faigh a-mach cia mheud a tha anns an teaghlach aca.
- Faigh a-mach mu ainmean agus aoisean cuideachd.
- Inns dhaibh mun teaghlach agad fhèin.
- Cleachd na Faclan feumail airson do chuideachadh.

Work with a partner. Find out how many are in their family. Find out their names and ages too. Tell them about your family too. Use the **Faclan feumail** to help you.

Faclan feumail

Cia mheud a tha nad theaghlach?

Tha ... nam theaghlach.

Cò iad?

Tha ... bhràithrean /pheathraichean agam. I have ... brothers/sisters.

Tha mo sheanair ann cuideachd. There's also my grandpa.

Dè an aois a tha ...? How old is ...?

Tha m'athair ... bliadhna a dh'aois. My dad is ... years old.

Dè an t-ainm a th' air do phiuthar? What is your sister's name?

'S e ... an t-ainm a th' oirre. Her name is ...

'S e ... an t-ainm a th' air. His name is ...

ceum cànan: language step

Cia mheud a tha nad theaghlach?

When you are talking about numbers of people, you don't use cardinal numbers (like **dhà, trì, ceithir, còig**... etc). Instead, personal numbers are used for counting people.

2 people	dithis	two brothers	dithis bhràithrean
3 people	triùir	three sisters	triùir pheathraichean
4 people	ceathrar	four brothers	ceathrar bhràithrean
5 people	còignear	five sisters	còignear pheathraichean
6 people	sianar	six brothers	sianar bhràithrean
7 people	seachdnar	seven sisters	seachdnar pheathraichean
8 people	ochdnar	eight brothers	ochdnar bhràithrean
9 people	naoinear	nine sisters	naoinear pheathraichean
10 people	deichnear	ten brothers	deichnear bhràithrean

Mar eisimpleir:

Tha còignear nam theaghlach.

There are five people in my family.

Tha dithis pheathraichean agus triùir bhràithrean agam.

I have two sisters and three brothers.

Chan eil ach dithis nam theaghlach.

There are only two people in my family.



9. Seo mo mhàthair. Tha falt goirid bàn oirre.

- Leugh am fiosrachadh.
- Tha daoine a' bruidhinn mu chuideigin san teaghlach aca.
- Cò air a tha iad a' bruidhinn?
- Coimhead air na dealbhan.
- Cuir an dealbh cheart ri gach duine.

Read the speech bubbles. Look at the pictures. Who is each person describing? Match the information with the correct picture. Copy and complete the sentences.

1. Flora is talking about her _____.
2. Christopher is talking about his _____.
3. Isobel is talking about her _____.
4. Stewart is talking about his _____.
5. Murdo is talking about his _____.
6. Lexy is talking about her _____.



mo sheanair



mo mhàthair



mo chù



mo leas-athair



m' antaidh



mo phiuthar
bheag



Flòraidh

Tha i ceathrad 's a còig. 'S e rùnaire a th' innte agus tha i ag obair ann an sgoil. Tha falt goirid bàn oirre agus tha sùilean gorma aice. Tha blobhsa uaine oirre agus briogais dhùbh. Tha speuclairean oirre cuideachd.



Crìsdean

Tha e ceathrad 's a trì agus tha e ag obair ann an oifis. Tha e àrd agus caol agus tha feusag agus falt dubh air. Tha sùilean donna aige. Anns an dealbh seo tha briogais agus seacaid ghlas air. Tha lèine gheal agus taidh air cuideachd.



Iseabail

Tha e mu sheachd bliadhna a dh'aois. Tha falt agus stais liath air agus tha e reamhar. Tha briogais ghorm agus lèine air. Tha bòtannan mòra, ad agus speuclairean air cuideachd. 'S e croitear a th' ann.



Stiùbhart

Tha i còig bliadhna a dh'aois agus uabhasach beag. Tha falt fada, donn oirre agus tha sùilean mòra uaine aice. Anns an dealbh tha aodach-sgoile oirre.



Murchadh

Tha i trithead 's a dhà agus 's e gruagaire a th' innte. Tha falt fada, dualach oirre agus tha sùilean donna aice. Tha i àrd agus cho caol ri bior. Anns an dealbh tha còta fada dubh oirre, sgarfa agus ad phurpaidh agus bòtannan donn. Tha бага donn aice cuideachd.



Leacsaidh

Tha i còig bliadhna a dh'aois agus uabhasach beag. Tha i ruadh agus tha sùilean mòra, donna aice. Tha earball agus cluasan geala aice cuideachd. 'S toigh leatha ruith agus ball-coise.



10. An e sin do phiuthar bheag?

- Obraichibh mar chlas no ann am buidheann.
- Feumaidh dealbh a bhith aig gach duine de chuideigin/pheata anns an teaghlach aca.
- Na seall an dealbh do dhuine.
- Cuiridh an tidsear na dealbhan air a' bhòrd.
- Inns dhan chlas mun dealbh agad.
- Feumaidh an clas tomhas cò air a tha thu a' bruidhinn.


Bring in a photo of a member of your family or one of your pets.

Don't tell anyone that this photo belongs to you. Your teacher will collect everyone's photos and stick them up on the whiteboard. Tell the class about the person/pet in the photo. Your classmates will try to work out which photo belongs to you. If your description is good, your classmates may be able to guess who you are describing before you have finished reading your description.

They can guess which picture belongs to you by asking "An e sin do...?"

Mar eisimpleir:

- Seo m'uncail Seumas.
- Tha e trithead bliadhna a dh'aois.
- Tha e àrd agus cho caol ri bior.
- Tha falt dubh air.
- Anns an dealbh, tha lèine-t uaine agus briogais ghoirid dhearg air.
- Tha e anns an Spàinn air saor-làithean.





11. An ann à Glaschu a tha thu?

- Èist ris na daoine seo. (Earrann 4)
- Cò às a tha iad?
- Èist ris na freagairtean aca.
- Dèan an clàr.
- Cuir ✓ anns a' cholbh cheart.
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

Listen to these people. They are being asked if they are from a particular place. Do they answer Yes or No? Tick the correct column in the table. The first one has been done for you.

	Ainm	Yes	No
a.	Mary Anne	✓	
b.	Peter		
c.	Neil		
d.	Helen		
e.	Martin		
g.	Roddy		



12. An ann às an Spàinn a tha Carlos?

- Cluich an gèam Dùthchannan mar chlas còmhla ris an tidsear.

Play the game Dùthchannan as a class. Your teacher will lead the game.



13. An ann à Sasainn a tha sibh?

- Èist ris na daoine seo. (Earrann 5)
- Lìon an clàr.

Listen to these people being asked if they are from particular places. What places are they being asked about? What answers do they give?

	Name	Is	Is not	From
a.	Janet			North Uist
b.	Shona			
c.	Finlay	✓		
d.	Angus			Mull
g.	James		✓	

ceum càinain: language step

An ann à Leòdhas a tha thu?

In **Ceumannan 3, Modal 2 Aonad 1** you learned how to ask where someone was from. A bheil cuimhn' agad?

Cò às a tha thu?

To find out if someone is from a particular place, you ask: **An ann à/às ... a tha thu?**

Mar eisimpleir:

An ann à Sasainn a tha thu?

Is it England that you are from?

An ann às na Hearadh a tha do sheanair?

Is it Harris that your grandpa is from?

To answer 'Yes', you say **'S ann.**

To answer 'No', you say **Chan ann.**



14. 'S ann à Uibhist a Deas a tha mi

- Èist ris na daoine seo. (Earrann 6)
- Cò às a tha iad?
- Sgrìobh an t-ainm aca agus an t-àite às a bheil iad.
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

Listen to these people. Where are they from? Write their name and the place they are from. The first one has been done for you.

- | | | | |
|-------------------|----|----|----|
| a) Fiona, Glasgow | b) | c) | d) |
| e) | f) | g) | h) |



15. Cò às a tha iad?

- Obraich còmhla ri caraid.
- Coimhead air an fhiosrachadh gu h-ìosal.
- Faighnich dha do charaid cò às a tha na daoine.
- Gabhaibh turas mu seach.

Work with a partner. Use the information below. Ask/tell your partner where each of the people are from. Take turn about.

- | | |
|---------------------------|---------------------|
| a. Lionsaidh, Sruighlea | f. David, Stornoway |
| b. Dòmhnall, an Tairbeart | g. Jane, Dundee |
| c. Siùsaidh, Alanais | h. Mary Anne, Barra |
| d. Raibeart, Geàrrloch | i. Kenneth, Skye |
| e. Cairistiona, an t-Òban | j. John, Ullapool |

Cò às a tha Lionsaidh?

'S ann à Sruighlea a tha i.





16. Cò às a tha thu?

- Leugh na builgeanan-cainnt.
- Cò às a tha na daoine seo?
- Sgrìobh na h-ainmean-àite ann am Beurla.

Read the speech bubbles. People are saying where they are from. Write the correct place in English for each person.

'S ann às an Òban a tha mi.

Mòrag

Chan ann à Muile a tha mi.
'S ann à Ile a tha mi.

Iain

'S ann à Alba Nuadh a tha mi, ach tha mi a-nis a' fuireach ann an Èirinn.

Ealasaid

'S ann à Dùn Dè a tha mi.
Tha m' athair agus mo mhàthair às a' Chuimrigh.

Dòmhnall

'S ann à Dùn Èideann a tha mi. 'S ann à Barraigh a tha mo mhàthair.

Sileas

'S ann às an Eilean Sgitheanach a tha mi. Tha mi a' fuireach ann an Ùige.

Fearghas

Bonus Points!

Two people above also give information about where some people in their family are from. Who are they? What information do they give?

ceum cànan: language step

'S ann à Barraigh a tha mo sheanair

In **Ceumannan 3, Modal 2 Aonad 1** you learned how to say where you are from.
A bheil cuimhn' agad?

Tha mi à/às... followed by the place you are from.

Another way of saying where you are from is to use the phrase, **'S ann à/às ... a tha mi.**

Mar eisimpleir: **'S ann à Glaschu a tha mi**

I am from Glasgow

'S ann às an Fhraing a tha mi

I am from France

To say that you are not from a particular place, you say: **Chan ann à/às ... a tha mi**

Mar eisimpleir: **Chan ann à Leòdhas a tha mi**

I'm not from Lewis





17. An ann à Sasainn a tha sibh?

- Cleachd am fiosrachadh agad bho Eacarsaich 13.
- Sgrìobh seantans ann an Gàidhlig airson gach duine.
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

Use the information from your table in Exercise 13 to write a Gaelic sentence about each of the people. The first one has been done for you.

Mar eisimpleir:

a. Chan ann à Uibhist a Tuath a tha Seònaid. Janet is not from North Uist.



18. Daoine ainmeil

- Obraich còmhla ri caraid.
- Dèan liosta de chòignear dhaoine ainmeil à diofar dhùthchannan.
- Cuir ceistean air càraid eile mu cò às a tha na daoine air an liosta agaibh.

Work with a partner. Together, make a list of five celebrities and the countries they are from (in Gaelic). Each celebrity should be from a different country. Pair up with another couple and test their knowledge of where your chosen celebrities are from.

Use the questions: **Cò às a tha...?** and **Ann an à/às ... a tha ...?**



19a. Marta NicLeòid

- Leugh mun teaghlach aig Marta.
- Èist ri Marta cuideachd. (Earrann 7)
- Tha faclan ùra ann.
- Freagair na ceistean.

Faclan ùra
a' Phòlainn - Poland
an Nollaig - Christmas
Rugadh mi... - I was born...
Thogadh mi... - I was brought up...

Read about and listen to Marta. She is talking about her family. Watch out for new vocabulary. Answer the questions that follow.

Hai! 'S e Marta NicLeòid an t-ainm a th'orm. Tha mi còig-deug agus tha mi a' fuireach ann an Inbhir Nis. Tha ceathrar nam theaghlach – mise, m'athair, mo mhàthair agus mo bhràthair beag, Marcin.

'S e Adrianna an t-ainm a th'air mo mhàthair. 'S ann às a' Phòlainn a tha i. Thàinig i a dh'Alba an uair a bha i fichead bliadhna a dh'aois.

'S e Dòmhnall Iain an t-ainm a th'air m'athair agus 's ann à Alba a tha e. Rugadh agus thogadh e ann an Leòdhas. 'S e ficlair a th'ann agus tha e ag obair ann an ionad-slàinte ann an Inbhir Nis.

Rugadh mi fhìn agus mo bhràthair, Marcin, ann an Inbhir Nis. Tha Marcin dà bhliadhna nas òige na mise, ach tha e nas àirde. Bidh sinn a' dol gu Acadamaidh Chùil Lodair. Tha an sgoil faisg air an taigh againn.

Tha seanair agus seanmhair againn anns a' Phòlainn. Tha iad a' fuireach ann an Wroclaw agus bidh sinn a' dol ann a h-uile samhradh air saor-làithean. 'S toigh leam a' Phòlainn. Tha an samhradh blàth agus grianach – nas blàithe na Alba! Tha seanair eile againn ann an Leòdhas. Bidh sinn a' dol a Leòdhas a h-uile bliadhna aig an Nollaig.

1. How many people does Marta say are in her family?
2. Where is her mum from?
3. How old was her mum when she came to live in Scotland?
4. Where was Marta's dad born and brought up?
5. What is her dad's job?
6. What school does she go to?
7. Who lives in Wroclaw?
8. How often do Marta and her family go to Poland?
9. At what time of year do they go to Poland?
10. Where do they go at Christmas time?

19b. 'S ann às a' Phòlainn a tha i.

- Leugh fiosrachadh Marta a-rithist.
- Tagh na faclan ceart airson crìoch a chur air na seantansan seo.
- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig agus Beurla.

Read/listen to Marta's information again. Choose the correct words to complete the sentences below. Write each sentence in Gaelic and English.

1. Rugadh Marta _____. anns a' Phòlainn/ann an Inbhir Nis.
2. 'S ann à _____ a tha i. Alba/Wroclaw
3. Tha bràthair _____ aice. mòr/beag
4. Tha Marta nas _____ na Marcin. sine/òige
5. Tha Marcin nas _____ na Marta. lugha/àirde
6. Tha Marcin _____. trì-deug/seachd-deug
7. Bidh iad a' dol a Leòdhas a h-uile _____. Nollaig/samhradh
8. Bidh Marta a' fuireach _____ an sgoil. faisg air/ri taobh
9. As t-samhradh, tha a' Phòlainn _____. blàth/fuar
10. Tha _____ aig Marta ann an Leòdhas. seanair/seanmhair



20. Cò às a tha do theaghlach?

- Dèan rannsachadh anns a' chlas.
- Faigh a-mach cò às a tha teaghlachan do charaidean.
- Sgrìobh am fiosrachadh agad ann an clàr.
- Freagair na ceistean aig daoine eile.

Do a survey of your classmates. Find out where their family is from. You might want to ask where someone in particular in their family is from. Choose which question(s) you would like to ask. Answer the questions your classmates ask you. Record your information in a table.

CEIST: Cò às a tha do theaghlach?

Ainm	Àite
Darren	Manchester
Claire	Harris
Megan	

Faclan feumail

Cò às a tha do theaghlach?

'S ann à/às ... a tha mo theaghlach.

Cò às a tha do mhàthair/d' athair/
do sheanair/do sheanmhair?

'S ann à/às ... a tha mo mhàthair/
m' athair/mo sheanair/mo sheanmhair.

Where is your family from?

My family are from ...

Where is your Mum/Dad/
grandpa/granny from?

My mum/dad/ grandpa/granny
is from ...



21. Faidhle Fiosrachaidh

- Obraich còmhla ri caraid.
- Tagh faidhle fiosrachaidh A, B no C.
- Leugh am fiosrachadh còmhla ri do charaid.
- Sgrìobh nas urrainn dhut den fhiosrachadh ann am Beurla.

Work with a partner. Choose Information File A, B or C. Read the information together. Take notes in English about the information you read. Most of the files should contain some information on the following topics:

- | | |
|-----------------------|------------------------|
| ◆ Name: | ◆ Grandparents: |
| ◆ Age: | ◆ Pets: |
| ◆ Lives in: | ◆ Jobs: |
| ◆ House: | ◆ Hobbies: |
| ◆ Number in family: | ◆ Holidays & weekends: |
| ◆ School: | ◆ Favourite things: |
| ◆ Parents: | ◆ Dislikes: |
| ◆ Brothers & sisters: | |

Faidhle fiosrachaidh A

Mi fhìn is mo theaghlach

le Daibhidh Grannd

Hai. Is mise Daibhidh Grannd agus tha mi sia-deug. Rugadh mi ann an Inbhir Nis. Tha mi a' fuireach anns an Òban a-nis. Tha mi beag le falt donn agus sùilean gorma.

Tha còignear nam theaghlach – mise, m'athair, mo mhàthair, agus tha dithis pheathraichean agam. Tha sinn a' fuireach ann an taigh mòr. Tha deich rumannan anns an taigh agus tha garaids agus gàrradh againn cuideachd.

Bidh mi a' dol gu Àrd-sgoil an Òbain. Anns an sgoil, is toigh leam Fiosaigs agus Eachdraidh. Chan eil mi math air Beurla. Tha e doirbh.

'S e Gòrdan an t-ainm a th' air m'athair. Tha e ag obair ann an garaids. 'S e meacanaig a th' ann. Tha e beag agus reamhar le falt donn agus sùilean gorma. Rugadh is thogadh m'athair ann an Leòdhas.

Tha mo mhàthair, Tina, beag cuideachd. Tha i caol agus tha falt ruadh oirre le sùilean uaine. 'S ann à Glaschu a tha i. Chan eil mo mhàthair ag obair.

Tha mo pheathraichean, Hannah agus Màiri, nas òige na mise. Tha iad deich agus trì-deug.

Tha Hannah beag agus ruadh agus tha Màiri àrd le falt donn. Is toigh leam Hannah, ach tha Màiri caran crosta.

Chan eil seanair no seanmhair agam.

Tha each agam. 'S e Eàirdsidh an t-ainm a th' air agus tha e ceithir bliadhna a dh'aois. The e mòr, donn agus uabhasach laghach. Is toigh le Eàirdsidh ùbhlán agus siùcar.

Bidh mi a' marcachd air Eàirdsidh a h-uile latha.

Anns na saor-làithean bidh sinn a' falbh a Ghlaschu. Tha m'antaidh a' fuireach an sin.

Is fheàrr leam marcachd, coimhead an TBh, ceòl roc agus geamannan coimpiutair.

Is lugha orm coin, leughadh, orainsearan agus bainne.





Faidhle fiosrachaidh B

Mì fhìn is mo theaghlach – Le Raibeart MacArtair

Cia mheud a tha nad theaghlach?	Tha còignear nam theaghlach – mise, m' athair, mo leas-mhàthair, mo leas-phiuthar agus mo sheanmhair.
Càit a bheil thu a' fuireach?	Tha sinn a' fuireach ann an Cille Bhrìghde an Ear – baile beag faisg air Glaschu.
An taigh agad	Tha an taigh againn mòr. Tha cidsin, seòmar-suidhe, ceithir rumannan-cadail agus dà rùm-ionnlaid ann. Tha an rùm agamsa uabhasach mì-sgiobalta! Tha garaidh agus gàrradh air cùl an taighe. Tha nàbaidhean laghach againn.
Bràithrean/peathraichean	Tha leas-phiuthar agam. 'S e Angela an t-ainm a th' oirre. Tha i sia-deug. Tha i uabhasach laghach.
Pàrant(an)	'S e Garaidh an t-ainm a th' air m' athair agus 's e Màiri Anna an t-ainm a th' air mo leas-mhàthair.
Seanair/seanmhair	Chan eil ach aon sheanmhair agam. Tha i mu ochdad. Tha i beag agus tha falt liath agus speucnairean oirre. Tha i uabhasach èibhinn. 'S e Beitidh an t-ainm a th' oirre.
Cò ris a tha iad coltach?	Tha falt bàn air Angela agus air mo leas-mhàthair. Tha falt donn orm fhìn agus m' athair.
Cò às a tha do theaghlach?	'S ann à Glaschu a tha m' athair. Tha mo leas-mhàthair agus mo sheanmhair à Tìrìodh. Rugadh agus thogadh mise ann an Glaschu.
Peataichean	Tha cat agus cù againn. 'S e Barney an t-ainm a th' air a' chù. Tha e mòr agus dubh. Tha cluasan fada air. Tha e caran crosta, ach 's toigh leam e. Cha toigh leam an cat. 'S e Norrag an t-ainm a th' air. Tha e mòr, ruadh, reamhar agus leisg agus chan eil e laghach idir.
Obair	Bidh m' athair ag obair ann am factaraidh agus bidh Màiri Anna ag obair ann an taigh-bidh. 'S e còcaire a th' innte. Tha Angela ag obair ann am bùth a' bhèiceir ann an Glaschu.
Cur-seachadan	'S urrainn dhomh am bogsa a chluich agus bidh m' athair a' cluich giotàr. Bidh mi fhìn is m' athair vaireannan a' cluich golf còmhla, ach chan eil mise math air. 'S fheàrr leam ball-coise.
Sgoil	Bidh mi a' dol gu Àrd-sgoil Calderglen. 'S e ceòl an cuspair as fheàrr leam agus 's toigh leam Gàidhlig agus spòrs cuideachd.
Aig an taigh	Bidh sinn a' gabhail dinnear mu shìa vairean agus an uair sin bidh sinn a' coimhead beagan TBh. Bidh mise a' dèanamh obair-dachaigh cuideachd no a' cluich a' bhogsa.
Air an deireadh-sheachdain	Bidh Màiri Anna agus Angela ag obair a h-uile Disathairne. Bidh mi fhìn, m' athair agus Barney a' dol dhan phàirc, a' cluich golf no a' dol gu gàrradh ball-coise.
Saor-làithean	An-uiridh chaidh mi dhan Fhèis ann an Tìrìodh. Am-bliadhna bidh sinn a' dol a Shasainn. Tha m' antaidh, Catriona, a' fuireach ann am Birmingham.
Dè na rudan as fheàrr leat?	Barney, Disathairne, Celtic, staoig agus sliseagan, am bogsa agam, mo charaidean, an i-pod agam, suiteis agus Tìrìodh.
Dè na rudan as lugha ort?	Is lugha orm càit, Man U, brocolaidh, (euch! Tha gràin agam air!) Nuadh-eòlas, ceòl 'rap', Eastenders agus iasg.

Faidhle fiosrachaidh C



Mì fhìn is mo theaghlach

Le Fionnghal Nic a' Ghobhainn

Is mise Fionnghal Nic a' Ghobhainn. Rugadh agus thogadh mi ann an Uibhist. Tha mi sia-deug agus tha mo cho-là-breith ann air 14 an t-Sultain. Tha mi àrd agus caol, tha falt ruadh orm agus tha sùilean donna agam. Tha mi anns a' cheathramh bliadhna ann an Sgoil Lionacleit. Tha gràin agam air an sgoil ach tha Ealain agus Beurla ceart gu leòr. Is toigh leam leughadh agus ealain. Tha coiseachd agus snàmh a' còrdadh rium cuideachd.

Mo theaghlach

Chan eil ach trì ùir nam theaghlach – mise, mo mhàthair agus mo bhràthair.

Tha sinn a' fuireach ann am Baile a' Mhanaich ann am Beinn na Fadhlà anns na h-Eileanan Siar.

An taigh againn

Tha an taigh againn snog. Tha cidsin, seòmar-suidhe, trì rumannan-cadail agus rùm-ionnlaid ann. Tha gàrradh ri taobh an taighe. Tha an taigh againn ri taobh na mara. Tha nàbaidhean laghach againn.

Beinn na Fadhlà Benbecula



Mo mhàthair

'S e Dolina an t-ainm a th'air mo mhàthair. Tha i mu cheathrad (tha mi a' smaoinichadh!) agus tha i beag agus tha falt goirid, bàn oirre. Bidh i ag obair anns an ionad-slàinte. 'S e rùnaire a th'innse. Rugadh agus thogadh mo mhàthair anns an Eilean Sgitheanach. Thàinig i a Bheinn na Fadhlà an uair a bha i fichead. Is toigh le mo mhàthair còcaireachd agus leughadh. Cuideachd, ma tha latha math ann, bidh i ag obair anns a' ghàrradh.



Mo bhràthair

Tha bràthair mòr agam. 'S e Iain Eàirdsidh an t-ainm a th'air. Tha e naoi-deug agus tha e uabhasach laghach rium.

Bidh e ag obair air bàta. 'S e iasgair a th'ann. Tha Iain Eàirdsidh nas àirde na mise agus tha falt ruadh air cuideachd.

Mo sheanair

Tha mo sheanair a' fuireach ann an Lìonacleit ann am Beinn na Fadhla. Tha e àrd, agus tha falt liath agus feusag air. Bidh e a' tighinn gu dinnear a h-uile Didòmhnaich.

Tha cù aig mo sheanair. 'S e Jess an t-ainm a th'air agus bidh e ag obair air a' chroit aige. Uaireannan bidh mi a' dol dhan tràigh còmhla ri Jess. Is fìor thoigh leis ruith air an tràigh agus bidh e a' snàmh anns a' mhuir cuideachd.



M' athair

'S e Eàirdsidh an t-ainm a th'air m'athair. Is ann à Uibhist a Deas a tha e ach tha e a' fuireach ann an Obar Dheathain a-nis. Bidh mi a' dol a dh'Obar Dheathain anns na saor-làithean. Is fhìor thoigh leam am baile mòr. Tha e trang agus tha bùthan math ann.



Na rudan as fheàrr leam

Is fìor thoigh leam bùthan, leabhraichean, mo charaidean Ceit agus Lionsaidh, snàmh, Kit-kats, a' dèanamh dhealbhan, Jess, an tràigh, seòclaid-theth agus a' ghrian.

Na rudan as lugha orm

Is lugha orm an sgoil, an tidsear Eachdraidh agam, Rèidio a Dhà, an geamhradh, ceòl dannsa, cnothan agus bainne.





22. Mi-fhìn is mo theaghlach

- Dèan fhèin faidhle fiosrachaidh mu do dheidhinn fhèin agus do theaghlach.
- Cleachd na faidhlichean ann an Eacarsaich 21 airson cuideachadh.
- Seall am faidhle fiosrachaidh agad dhan chlas.

Write your own personal factfile. Include as much information about yourself and your family as you can. Use the factfiles from **Exercise 21** to help you. Your writing piece may be handwritten, word processed or made into a computer presentation with pictures, music and any other media you want to use. You may want to record yourself reading your factfile. Share your work with your class when you have finished.



23. Còmhraidh

- Tha thu a' dol a dhèanamh còmhraidh ris an tidsear agad mu do dheidhinn fhèin agus do theaghlach.
- Bi deiseil airson na ceistean aige/aice a fhreagairt.
- Cuir ceistean air an tidsear cuideachd.
- Cleachd am faidhle fiosrachaidh a rinn thu airson do chuideachadh.

You are going to have a conversation with your teacher about yourself and your family.

To help you prepare for your conversation, use your family factfile. Below are some questions to help you prepare. You should also ask your teacher some questions too.

Ceistean feumail

- ♦ **Inns dhomh mu do theaghlach...**
Tell me about your family...
- ♦ **A bheil peataichean agad?**
Do you have any pets?
- ♦ **A bheil seanair/seanmhair agad?**
Do you have a grandpa/granny?
- ♦ **Cò às a tha ... ?**
Where is ... from?
- ♦ **Cò ris a tha do phiuthar/do chù/ an taigh/an rùm agad coltach?**
What is your sister/dog/house/room like?
- ♦ **Dè an obair a th' aig ... ?**
What job does ... do?
- ♦ **Dè bhios sibh a' dèanamh air an deireadh-sheachdain?**
What do you do at the weekend?
- ♦ **An do dh'fhalbh sibh air saor-làithean an-uiridh?**
Did you go on holiday last year?
- ♦ **Inns dhomh mu dheidhinn...**
Tell me about...

Tha thu deiseil de **Mhodal 1 aonad 1**.

'S math a rinn thu!

- An urrainn dhut na leanas a dhèanamh?
- Obraich còmhla ri caraid.
- Dèan measadh air do charaid.

Check that you can do the following. Your partner will test you.



☐ **'S urrainn dhomh/I can:**

☐ Name the personal numbers 2-10.

☐ Say how many people are in my family.

☐ Ask if someone is from a particular place.

☐ Say that I am/am not from a particular place.

☐ Say where I was born and brought up.

☐ Talk/write in some detail about myself and my family.

☐ ☐ ☐ ☐ ☐ ☐

Faclan is abairtean

**polite/plural **female*

Àireamhan dhaoine

dithis
triùir
ceathrar
còignear
sianar
seachdnar
ochdnar
naoinear
deichnear

An teaghlach

Cia mheud a tha nad theaghlach?
Tha sianar nam theaghlach.
Chan eil ach...
Chan eil ach dithis nam theaghlach.
Chan eil ach bràthair agam.
nam theaghlach
nad theaghlach
bràithrean
peathraichean
dithis bhràithrean
triùir pheathraichean
ceathrar bhràithrean
còignear pheathraichean
sianar bhràithrean
seachdnar pheathraichean
ochdnar bhràithrean
naoinear pheathraichean
deichnear bhràithrean
antaidh
uncail
An ann à/às... a tha thu?
An ann à Glaschu a tha thu/sibh*?
'S ann à/às ... a tha mi.
Chan ann à/às ... a tha mi.
An ann à Uibhist a Deas a tha do mhàthair?
'S ann à Barraigh a tha mo sheanair.
Chan ann às an Eilean Sgitheanach a tha m'athair.
'S ann
Chan ann
Rugadh mi...
Thogadh mi...

Numbers of people

2 people
3 people
4 people
5 people
6 people
7 people
8 people
9 people
10 people

The Family

How many are in your family?
There are six people in my family.
It is only/There are only...
There are only two people in my family.
I only have a brother.
in my family
in your family
brothers
sisters
2 brothers
3 sisters
4 brothers
5 sisters
6 brothers
7 sisters
8 brothers
9 sisters
10 brothers
auntie
uncle
Are you from...?
Are you from Glasgow?
I am from...
I am not from...
Is your mum from South Uist?
My grandpa is from Barra.
My dad is not from Skye.
'yes' (in answer to a question beginning 'an ann...?')
'no' (in answer to a question beginning 'an ann...?')
I was born...
I was brought up...

Eile

a' Phòlainn
 Acadamaidh Chùil Lodair
 an Nollaig
 an taigh againn
 anns a' cheathramh bliadhna
 as t-samhradh
 Baile a' Mhanaich
 Beinn na Fadhla
 còmhla
 Èirdsidh
 Eilean Mhanainn
 faidhle fiosrachaidh, am faidhle fiosrachaidh (m)
 Lìonacleit
 Liùsaidh
 Mac a' Ghobhainn/Nic a' Ghobhainn**
 MacArtair/NicArtair**
 nàbaidh, an nàbaidh (m)
 nàbaidhean, na nàbaidhean
 nas blàithe
 norrag, an norrag (f)
 samhradh, an samhradh (m)
 Tha nàbaidhean laghach againn.
 Ùisdean

Other

Poland
 Culloden Academy
 Christmas
 our house
 in 4th year
 in summer
 Balivanich
 Benbecula
 together
 Archie
 The Isle of Man
 information file, the information file
 Liniclate
 Lucy
 Smith
 MacArthur
 neighbour, the neighbour
 neighbours, the neighbours
 warmer
 snooze, the snooze
 summer, the summer
 We have nice neighbours.
 Hugh



Sùil air ais 1

Àireamhan dhaoine

- Copaig na faclan anns an òrdugh cheart. (1-10)

Copy these numbers for counting people in the correct order. (1 person to 10 people)



Sùil air ais 2

Tha triùir nam theaghlach

- Cuir gach seantans còmhla ris an teaghlach cheart.
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

Match each statement with the correct family. The first one has been done for you.

pink = female blue = male

1, e

1. Tha triùir nam theaghlach.

6. Tha triùir bhràithrean agus aon phiuthar agam.

2. Tha dithis bhràithrean agam.

7. Tha aon bhràthair agus dithis pheathraichean agam.

3. Tha triùir pheathraichean agam.

8. Tha còignear nam theaghlach.

4. Tha dithis pheathraichean agam.

9. Tha aon bhràthair agus aon phiuthar agam.

5. Tha seachdnar nam theaghlach.

10. Tha sianar nam theaghlach.





Sùil air ais 3

Tha triùir bhràithrean agam

- Cia mheud piuthar agus bràthair a th'aca?
- Sgrìobh seantans airson gach duine.
- Chaidh fear a dhèanamh dhut.
- How many brothers and sisters do these people have?











Write a sentence for each person. Write your sentences in Gaelic and English.

One of the answers has been done for you.

Mar eisimpleir:

6. Tha ceathrar pheathraichean agus aon bhràthair agam.

I have four sisters and one brother.

1. 
2. 
3. 
4. 
5. 
6. 
7. 
8. 
9. 
10. 



Sùil air ais 4 'S ann às a' Chuimrigh a tha Gareth Evans

- Coimhead air na daoine agus na brataichean a th'aca.
- Cò às a tha iad?
- Sgrìobh seantans airson gach duine, ag innse cò às a tha iad.
- Sgrìobh ann am Gàidhlig agus Beurla.
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

Look at these people and their flags. Write a sentence for each person saying where they are from. Write in Gaelic and English. The first one has been done for you.

1. 'S ann à Ameireaga a tha Ava Lopez
Ava Lopez is from America.



Ava Lopez




Katarina Valsamis



Marco Rossi



Helori Brett



Nisha Patel



Hanna Schwarz



Murchadh
MacPhàrlain



Seàn Gallagher



Brice Cowell



Gareth Evans



Sùil air ais 5 An ann às a' Ghrèig a tha thu?

- Cluich an gèam seo còmhla ri caraid no ann am buidheann beag.
- Tagh dùthaich.
- Na inns dha do charaid dè an dùthaich a thagh thu.
- Feumaidh do charaid ceistean a chur ort airson faighinn a-mach cò às a tha thu.
- Cumaibh a' cluich gus an ruith sibh a-mach à dùthchannan.

Play this game with a partner or in a small group. Choose a country. Don't tell the other player(s) which country you have chosen. Your partner/group must guess which country you are from.

Take turn about. Keep playing until you have run out of countries.

Mar eisimpleir:





Sùil air ais 6 Rugadh is thogadh mi ann an Tiriodh

- Leugh na builgeanan-cainnt.
- Freagair na ceistean ann an Gàidhlig.

Read the speech bubbles. People are talking about where they were born and brought up and where they live now. Answer the questions in Gaelic.

Rugadh is thogadh mi ann an Tiriodh. Tha mi a'fuireach ann an Obar Dheathain a-nis.

Pòl

Rugadh is thogadh mi anns a' Ghearasdan. Tha mi a-nis a' fuireach anns a' Phloc.

Màiri Anna

Rugadh mi ann an Astràilia. Thàinig mi a dh'Alba an uair a bha mi deich bliadhna a dh'aois. Tha mi a' fuireach ann an Alanaïs.

Sìm

Rugadh is thogadh mi ann an Inbhir Nis. Tha mi a' fuireach ann an Inbhir Ùige a-nis.

Donnchadh

'S ann à Barraigh a tha mo theaghlach ach rugadh is thogadh mise ann an Leòdhas. Tha mi a' fuireach ann an Steòrnabhagh.

Iseabail

Tha mi a' fuireach agus ag obair ann an Cinn a' Ghiùthsaidh ach rugadh is thogadh mi ann an Glaschu.

Barabal

1. Cò tha a'fuireach ann an Inbhir Ùige?
2. An ann à Alba a tha Sìm?
3. Càit a bheil Màiri Anna a'fuireach?
4. A bheil Barabal a'fuireach ann an Glaschu?
5. Cò às a tha Pòl?
6. An ann à Barraigh a tha Iseabail?
7. Càit a bheil Sìm a'fuireach?
8. An ann às a' Ghearasdan a tha Màiri Anna?
9. A bheil Iseabail a'fuireach ann an Leòdhas?
10. An ann à Cinn a' Ghiùthsaidh a tha Barabal?



Sùil air ais 7

Rugadh mi anns an t-Sultain

- Coimhead air ais air na mìosan mus dèan thu an eacarsaich seo. (Ceumannan 1, Modal 4, Aonad 1)
- Èist ri Ailean. (Earrann 8)
- Tha e ag innse cuin a tha co-là-breith aig daoine na theaghlach.
- Sgrìobh buill an teaghlaich ceart anns a' bhogsa cheart air a' mhìosachan.
- Tha eisimpleir air a dhèanamh dhut.

Listen to Alan saying when his family's birthdays are. Copy and complete the calendar. Write the correct family member in the month their birthday is. You might need to refresh your memory on the Gaelic for the months of the year. **(Ceumannan 1, Module 4, Unit 1)**

Calendar			
Jan	Feb Granny's birthday	Mar	Apr
May	Jun	Jul	Aug
Sept	Oct	Nov	Dec



Cultar

Cinnidhean na h-Alba – The Scottish Clans

The English word 'Clan' comes from the Gaelic word **Clann** (children). However, in Gaelic a clan is known as a **cinneadh**. This tribal system has given many Scots their surnames, has provided a great deal of family pride, and produced a fierce sense of belonging which still exists to this day. Although hundreds of years have passed since the clan system was active, many people – especially the descendants of Scottish emigrants – regard membership of a clan as a vital part of their Scottish heritage.

In the past, each **cinneadh** would have belonged to a particular area or areas of Scotland – this was seen as their territory. They were ruled over and looked after by their own clan chief – or **ceann-cinnidh**. When a **ceann-cinnidh** died, one of his sons would inherit his title and continue as head of the clan.

Although some people believe that everyone in a clan was originally related to one another, the majority of clansmen were not in fact blood relations of the **ceann-cinnidh**. They would simply be people who lived locally and looked to him for leadership and protection. The **ceann-cinnidh** would have been like a father figure to his clansfolk. He would make sure that people had enough suitable land that would enable them to provide for their family. Clansfolk did not have to pay money to their **ceann-cinnidh**, but in return for their land and protection, they were fiercely loyal to him and would be ready to fight any battles he wanted them to. Clan members would also probably take a turn working on the **ceann-cinnidh's** land and would bring him gifts of food and provisions, some of which would be put into store and given to the needy in times of hardship. It was a fair system that worked well for everyone concerned.



However, King James VI and his governments in Edinburgh and London, disliked and feared the clan system because they saw it as a threat to their rule and to their plans to join England and Scotland together. The King wanted to control the clans and make them swear allegiance to him and not to their chiefs. Neither the clans nor their chiefs were interested in being ruled by a King with whom they had no ties. In 1609, King James tricked the chiefs and forced them to agree to a list of new laws that would bring them and their clansfolk to heel. Before too long, he had the result that he wanted; the whole clan structure began to fall to pieces and the steady erosion of the language and culture of the Gael commenced. Nowadays, although the clan system is long since gone, each clan still has a chief (in name only) but seldom will they have a Scottish accent – let alone the ability to speak any Gaelic.

Ceistean

1. Where does the word clan come from?
2. What is the Gaelic word for a clan?
3. What benefits has the clan system left the people of Scotland? Mention **at least two things**.
4. a) What is a ceann-cinnidh?
b) Explain the role and responsibilities of a ceann-cinnidh. Mention **at least two things**.
5. How did clansfolk serve their ceann-cinnidh? Mention **at least three things**.
6. Why did King James VI dislike and fear the clan system? List **two things**.
7. a) Why was 1609 an important year for the chiefs?
b) What was the result that ensued from this?
8. What remains of the ancient clan system today?





Faigh fios 1

Obair A

- Èist ris na h-òrain Ghàidhlig; *Sìol Ghoraidh* (Earrann 9) agus *Mhic Iain mhic Sheumais*. (Earrann 10)
- Bruidhnidh an tidsear riut mu na h-òrain.
- Cò an t-òran as fheàrr leat fhèin? Inns carson.

Listen to the Gaelic songs *Sìol Ghoraidh* (Earrann 9) agus *Mhic Iain mhic Sheumais*. (Earrann 10) They are about clan history and loyalty. Your teacher will discuss both songs with your class. Which of the songs do you prefer? Why?

Obair B

- Faigh a-mach mu chinnidhean anns an sgìre agad fhèin.
- Cleachd an t-eadar-lìon, an leabharlann no fiosrachadh ionadail.
- Inns dhan chlas mu na fhuair thu a-mach.

Find out about clans in your area. Search the internet and any other available resources. You may also wish to speak to somebody in your local community. Share your findings with your class.


Obair C

- Tagh cinneadh anns a bheil ùidh agad.
- Cruinnich nas urrainn dhut de fhiosrachadh mu dheidhinn.
- Cuir am fiosrachadh agad ri chèile ann an dòigh tharraingeach.
- Airson cuideachadh, coimhead air làrach Cheumannan airson tuilleadh sgeulachdan mu chinnidhean.

Choose a clan that interests you and collate as much information as you can about it. To help you, look at the Ceumannan website for more clan stories. Try to make your information interesting and attractive.



Clan MacKenzie



Clan MacGregor




Faigh fios 2

- Coimhead air a' chraobh-teaghlaich.
- Dèan fhèin tè airson teaghlach.
- Faodaidh tu an teaghlach agad fhèin a shealltainn no faodaidh tu teaghlach a dhèanamh suas.
- Cuir nas urrainn dhut de fhiosrachadh oirre.
- Cuir an obair agad air balla a' chlas no air làrach-lìn na sgoile.

Look at the family tree below. Create a similar one for either, your own family, or for an imaginary family. Include as much relevant information as you can about each person. Display your work on your classroom wall or on your school website.

Mi Fhìn 's mo Theaghlach



Give opinions and make comparisons about some school subjects

Talk about the location of things

Say what you intend to do

Say whether or not you understand something

Anns an Sgoil

Cànan:

Comparisons:

nas fhasa/nas dorra

Tha/Chan eil mi

a' smaoineachadh gu bheil...

Prepositions:

mu choinneimh/eadar

Tha mi 'n dùil...

Tha/Chan eil mi ga t(h)uigsinn

Progressive verbal noun

with pronoun object:

gam/gad and ga



Bruidhinn



Èist



Leugh



Sgrìobh



Coimhead



1. Sùil air Ais

A bheil cuimhn' agad?

- Obraich còmhla ri caraid.
- Tha mionaid agaibh.
- Dè na faclan as aithne dhut airson cuspairean-sgoile?
- Dèan liosta.
- Nì an tidsear liosta air a'bhòrd.

Work with a partner. Name as many school subjects in Gaelic as you can in one minute. When you are finished, make a list of all the subjects you can name. Your teacher will make a list on the board.



2. Sùil air Ais

Tha e inntinneach!

- Obraich còmhla ri caraid.
- Tha còig mionaidean agaibh.
- Smaoinich air faclan agus abairtean mu chuspairean-sgoile.
- Coimhead air liosta a rinn càraid eile.
- Nì an tidsear liosta air a'bhòrd.

You have five minutes. Brainstorm with a partner for words/phrases that are useful for giving your opinion on school subjects. When you have finished, compare your list with another group. Your teacher will make a list on the board.





3. Tha mi a' dèanamh Beurla

- Èist ris an earrainn. (Earrann 1)
- Tha Caileana air a' cheathramh bliadhna ann an Àrd-sgoil Thaobh na Locha.
- Dè na cuspairean a tha i a' dèanamh?
- Copaig agus lion an clàr.
- Tha faclan ùra ann.



Calena is a 4th year pupil at Lochside High School. What subjects is she doing this year? Copy and complete the table. Listen out for some new vocabulary.

Cuspair
1.
2.
3.
4.
5.
6.
7.
8.

Faclan ùra

Ceimigeachd

Chemistry

Bith-eòlas

Biology



4. Dè na cuspairean a tha thu a' dèanamh am-bliadhna?

- Bruidhinn ri caraaid.
- Dè na cuspairean a tha do charaid a' dèanamh am-bliadhna?
- Cleachd na Faclan feumail.
- Sgrìobh am fiosrachadh aca.
- Gabhaibh turas mu seach.

Work with a partner. Ask them what subjects they are doing this year. Use the **Faclan feumail** to help you. Make a note of what your partner tells you. Take turn about.


Faclan feumail

Dè na cuspairean a tha thu a' dèanamh am-bliadhna?

What subjects are you doing this year?

Am-bliadhna, tha mi a' dèanamh...

This year I am doing...





5. Tha mi a' dèanamh Spòrs

- Sgrìobh na faclan agus abairtean ùra bho na bogsaichean gu h-àrd nad leabhar-sgrìobhaidh.
- Bheir an tidsear dhut a' Ghàidhlig airson cuspairean sam bith eile nach eil agad mar-thà.

Copy the new vocabulary from the boxes above into your jotter. Your teacher will give you the Gaelic for any other school subjects that you don't already know.




6. Tha Gàidhlig nas fhasa na Fraingis

- Èist ris an earrainn. (Earrann 2)
- Tha sgoilearan a' dèanamh coimeas eadar cuspairean-sgoile.
- Tha faclan ùra ann.

Listen to these pupils. They are saying which subjects are easier or harder than others. Listen to how they say this.

Faclean ùra

nas fhasa na easier than
nas dorra na harder than



7. Tha Fraingis nas fhasa na Gearmailtis

- Èist ris an earrainn. (Earrann 3)
- Tha Daibhidh ag innse mu na cuspairean a tha e a' dèanamh.
- Lìon na beàrnan anns gach seantans.

Listen to David's opinions on some of his subjects. Which ones are easier/harder? Copy and complete the sentences.

- RE is _____ than Geography.
- History is harder than _____.
- PE is _____ than Biology.
- _____ is easier than _____.
- _____ is _____ than Computing.
- German is _____ than French.





8. Dè tha nas fhasa/nas dorra?

- Dèan coimeas eadar na cuspairean.
- Sgrìobh seantans airson gach fear.
- Chaidh eisimpleirean a dhèanamh dhut.

Which is the easier/harder subject of each pair?

Write a sentence giving your opinion.

Examples have been done for you.

Tha Gàidhlig nas fhasa na Fraingis.

Gaelic is easier than French.

Tha Nuadh-eòlas nas dorra na Cruinn-eòlas.

Modern studies is more difficult than Geography.

- Gaelic/French
- Home Economics/PE
- Maths/English
- Physics/Chemistry
- Modern Studies/Geography
- Art/Technology
- Computing/History
- Biology/RE



Tha Beurla nas dorra
na Matamataig.



ceum cànan:
language step

nas fhasa/nas dorra

You have already learned how to make comparisons between things.

A bheil cuimhn' agad? Do you remember what these mean?

nas fheàrr

nas miosa

nas motha

nas lugha

nas sine

nas òige

nas àirde

Mar eisimpleir: **Tha mo bhràthair nas sine na mise** My brother is older than me.

When you are discussing your opinions on school subjects, these comparative adjectives may be useful:

Nas fhasa (na) easier (than)

and

nas dorra (na)

harder/more difficult (than)

Mar eisimpleir:

Tha Bith-eòlas doirbh ach tha Ceimigeachd nas dorra.

Biology is hard but Chemistry is harder.

Tha Matamataig furasta ach tha Beurla nas fhasa.

Maths is easy but English is easier.

NB! You will sometimes hear **nas duilghe** instead of **nas dorra**. Use whichever one you prefer.

Tha Eachdraidh nas duilghe na Cruinn-eòlas.

History is harder than Geography.



9. Tha mi a' smaoinichadh gu bheil Matamataig furasta

- Èist ris an earrainn. (Earrann 4)
- Tha an ceathramh bliadhna ann an Àrd-sgoil Thaobh na Locha a' toirt seachad am beachdan.
- Dè tha iad a' smaoinichadh?
- Cuir crìoch air na seantansan.

Listen to some of the 4th year pupils in Lochside High. They are saying what they think of some of their subjects. Copy and complete the sentences with each person's opinion.

- Diane thinks that _____.
- Garry thinks that _____.
- Donella thinks that _____.
- James thinks that _____.
- Caitlin thinks that _____.
- Norman doesn't think that _____.

Tha mi a' smaoinichadh gu bheil Ceimigeachd fada ro dhoirbh!



A bheil? Chan eil mise a' smaoinichadh gu bheil e doirbh idir!



ceum cànan:
language step

If you want to say what you think about something, the phrases

Tha mi a' smaoinichadh gu bheil...

and

Chan eil mi a' smaoinichadh gu bheil... are extremely useful.

Mar eisimpleir:

Tha mi a' smaoinichadh gu bheil Fiosaigs cho tioram!

I think that Physics is so boring!

Chan eil mi a' smaoinichadh gu bheil mi uabhasach math air Ealain.

I don't think I'm terribly good at Art.



10. Dè do bheachd?

- Leugh na beachdan.
- Tha sgoilearan a' bruidhinn mu na cuspairean aca.
- Cuir gach beachd anns a' cholbh cheart.
- Cleachd na Faclan feumail airson do chuideachadh.
- Chaidh dhà dhiubh a dhèanamh dhut.

Pupils in Lochside High School are talking about their school subjects and thinking about their options for next year. Read the speech bubbles and try to work out what the pupils are saying. Use the **Faclan feumail** to help you with any new vocabulary. Sort the comments into two groups – positive (☺) and negative (☹). Two have been done for you.



☺	☹
7. Tha Ceimigeachd a' còrdadh rium	1. Tha gràin agam air Fiosaigs

1. Tha gràin agam air Fiosaigs!

2. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil Eachdraidh ceart gu leòr - uaireannan.

3. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil e cho tioram.

4. Chan eil mi ga thuigsinn.

6. Bidh mi toilichte
sgur dheth.

5. Chan eil mi a' smaoineachadh
gu bheil Cruinn-eòlas uabhasach
inntinneach.

8. Cha d' fhiach Ceòl!

7. Tha Ceimigeachd
a' còrdadh rium.

9. Tha mi
a' smaoineachadh
gu bheil Bith-eòlas
furasta gu leòr.

10. Tha mi a' smaoineachadh
gu bheil Gearmaitis fada ro
dhoirbh.

11. Chan eil mi
a' smaoineachadh
gu bheil mi ro mhath
air Teicneòlas.

12. Tha Beurla a' còrdadh
rium gu mòr.

13. Chan eil mi uabhasach
measail air Matamataig.

14. Tha mi
a' smaoineachadh gu
bheil mi meadhanach
math air Ealain.

15. Tha e nas fhasa
na Fiosaigs.

16. Tha ùidh mhòr
agam ann an
Creideamh.

17. Tha mi
a' smaoineachadh
gu bheil an tidsear
sgoinneil!

18. 'S fheàrr leam
Coimpiutaireachd.

19. Tha mi
a' smaoineachadh gu
bheil e nas dorra na
Spòrs.

20. Chan eil mi
a' smaoineachadh gu
bheil an tidsear math.

Faclan feumail

Tha/Chan eil mi a' smaoinichadh gu bheil...

... furasta gu leòr
... fada ro dhoirbh
... caran doirbh
... ceart gu leòr
... sgoinneil!
... cho tioram
... gu math inntinneach
... an tidsear laghach/crosta/èibhinn
... mi meadhanach math air...

I think /don't think that...

... is easy enough
... is far too difficult
... is a bit difficult
... is OK
... is fantastic!
... is so boring
... is quite interesting
... the teacher is nice/cross/funny
... I'm quite good at...

Tha ùidh mhòr agam ann an...

Tha cus obrach ann

'S e ... an cuspair as fheàrr leam

Tha ... nas fheàrr/nas miosa na...

nas fhasa (na)

nas dorra (na)

Tha ... a' còrdadh rium gu mòr

Chan eil ... a' còrdadh rium idir

Chan eil mi ga thuigsinn

Tha mi sgìth dheth

Bidh mi toilichte sgur dheth

Cha d' fhiach...

Tha/Chan eil mi uabhasach measail air...

Tha gràin agam air...

'S beag orm.../'S lugh' orm...

Tha tòrr sgrìobhaidh ann

I'm really interested in...

There's too much work involved in it

My favourite subject is...

... is better/worse than ...

easier (than)

harder (than)

I really enjoy...

I don't enjoy ... at all

I don't understand it

I'm fed up of it

I'll be happy to give it up

... is useless

I am/am not very keen on...

I hate...

I hate...

There's lots of writing involved in it



11. Beachdan

- Coimhead air na faclan agus abairtean feumail anns a' bhogsa gu h-àrd.
- Sgrìobh na faclan agus abairtean a tha ùr dhut nad leabhar-sgrìobhaidh.

Look at the vocabulary in the box above. Copy any new vocabulary into your jotter.



12a. 'S fheàrr leam Spòrs

- Èist ris an earrainn. (Earrann 5)
- Tha Cailean a' bruidhinn ris an tidsear mu na cuspairean aige am-bliadhna.
- Freagair na ceistean.

Colin has an interview with his teacher. They are discussing how he is getting on with some of his subjects this year. Listen to their conversation and answer the questions.

Ceistean

- Make a list of the subjects that Colin is studying this year.
- What is his favourite subject?
- What is his worst subject?
- What two sports is he good at?
- Does Colin enjoy school?



12b. Tha ùidh agam ann an Eachdraidh

- Èist ris an earrainn a-rithist. (Earrann 5)
- Tagh am freagairt ceart airson gach seantans. (1-6)

Listen to the passage again. (Earrann 5) Choose the correct answer to complete each statement below.

- | | |
|---|--|
| 1. Colin | <p>is fed up of History</p> <p>is good at at History</p> <p>is interested in History</p> |
| 2. He isn't fond of | <p>homework</p> <p>writing</p> <p>reading</p> |
| 3. He is | <p>very good at PE</p> <p>quite good at PE</p> <p>not very fond of PE</p> |
| 4. Yesterday he swam | <p>100m</p> <p>1,000m</p> <p>50m</p> |
| 5. He thinks that Biology and Chemistry are | <p>a bit difficult</p> <p>easy enough</p> <p>harder than English.</p> |
| 6. He enjoys school because | <p>he talks to his friends every day</p> <p>he has PE every day</p> <p>he sees his friends every day</p> |



13. Tha gràin agam air Bith-eòlas!

- Tha Jennifer, Hannah agus Daibhidh aig Eòlas Pearsanta is Sòisealta.
- Tha iad a' bruidhinn mu na cuspairean aca.
- Leugh an còmhradh.
- Freagair na ceistean.

Jennifer, Hannah and David are in their PSE class. The class are involved in group discussions about their school subjects. Read their conversation. Answer the questions.

A Dhaibhidh, dè do bheachd-sa?



Jennifer: Dè nach toigh leat anns an sgoil, Hannah?

Hannah: Tha sin furasta – Bith-eòlas. Tha gràin agam air Bith-eòlas.

Jennifer: Ach carson? Tha Bith-eòlas furasta agus tha thu math air!

Hannah: Tha, ach chan eil mi a' smaoinichadh gu bheil e inntinneach agus tha Mgr MacRath agam.

Jennifer: Obh obh! Tha mi a' tuigsinn carson a-nis! Tha esan cho tioram, nach eil? Tha Miss Peters agamsa. Tha ise laghach. Dè an cuspair as fheàrr leat ma-thà?

Hannah: 'S fheàrr leam Fiosaigs.

Jennifer: Dè? Tha thusa neònach! Tha Fiosaigs fada ro dhoirbh. Tha tòrr Matamataig ann.

- Hannah:** Chan eil mise a'smaoineachadh gu bheil e cho doirbh sin, ach tha mi meadhanach math air Matamataig agus tha an tidsear math.
- Jennifer:** Uill chan eil mise a' tuigsinn Matamataig no Fiosaigs idir, idir.
- Hannah:** Dè as toigh leat fhèin ma-thà, Jennifer?
- Jennifer:** Hmmm cha toigh leam mòran! Tha Eaconamas Dachaigh ceart gu leòr agus tha mi meadhanach math air Ealain agus Eachdraidh.
- Hannah:** Tha thusa a' dèanamh Fraingis, nach eil?
- Jennifer:** Tha.
- Hannah:** A bheil e a' còrdadh riut?
- Jennifer:** Chan eil mi uabhasach measail air, ach tha e furasta gu leòr. 'S fheàrr leam Gàidhlig oir tha e nas fhasa.
- Hannah:** Cò an tidsear a th' agad airson Beurla?
- Jennifer:** Huh! Miss Pheutan. Tha i cho crost'!
- Hannah:** Chan eil mise uabhasach measail air Beurla. Tha tòrr sgrìobhaidh ann.
- Jennifer:** A Dhaibhidh, dè do bheachd-sa? Tha thu uabhasach sàmhach. Dè tha ceàrr ort?
- Daibhidh:** Is lugh'orm Eòlas Pearsanta is Sòisealta! Cha toigh leam a bhith a' bruidhinn!
- Jennifer:** Ò. Ceart gu leòr.

Ceistean


1. Make a list of all the subjects that are mentioned in the conversation. You should find ten.
2. a) What subject does Hannah hate?
b) Why does Jennifer find this odd at first?
c) What two reasons does Hannah give to explain why she hates it?
3. What is Jennifer's opinion of Mr MacRae?
4. a) What is Hannah's favourite subject?
b) What two statements does Jennifer make about this subject?
c) How does Hannah defend her choice?
5. What subjects is Jennifer quite good at?
6. What does Jennifer say about
a) French?
b) Gaelic?
7. a) What does Miss Beaton teach?
b) What does Hannah say about this subject?
8. Why has David been so quiet throughout the discussion? Give two reasons.
9. In the text, find the emphatic forms of **mi**, **thu**, **e** and **i**. Copy these into your jotter.
10. In the text, find and copy the Gaelic for:
a) He's so boring
b) She's nice
c) You're weird
d) She's so strict



14. Air chall anns an sgoil

- Èist ris an earrainn. (Earrann 6)
- Tha sgoilearan bhon bhun-sgoil a' tadhal air Àrd-sgoil Thaobh na Locha.
- Tha cuid de na gillean air chall.
- Tha iad ag iarraidh stiùireadh dhan rùm Coimpiutaireachd.
- Coimhead air mapa na sgoile.
- A bheil iad a' faighinn nan stiùiridhean ceart?

Primary school pupils have come to visit Lochside High for the day. Some of the boys have got lost. They ask for directions to Computing. Look at the map of the school. Are they given the correct directions?





15. Càit a bheil na taighean-beaga?

- Obraich còmhla ri caraid.
- Coimhead air mapa Àrd-sgoil Thaobh na Locha.
- Cleachd na Faclan feumail airson cuideachadh.
- Gabhaibh turas mu seach.
- Stiùir do charaid gu na h-àitean a leanas:

Work with a partner. Use the map of Lochside High and the **Faclan feumail**. Take turns about to ask for/give directions to the following:

- ♦ The canteen
- ♦ The Library
- ♦ English
- ♦ Modern Studies
- ♦ RE
- ♦ The toilets



Faclan feumail


eadar	between
gu do làimh chli/dheis	to your left/right
mu choinneimh	opposite
feumaidh tu a dhol	you must go
air cùl	behind
suas/sìos	up/down
ri taobh	beside
an staidhre	the stairs
air beulaibh	in front of
an tranntsa	the corridor
faisg air	near to
cùm a' dol	keep going
chì thu...	you'll see...
tha ... shuas/shìos an staidhre	... is up/down the stairs
ma thèid thu...	if you go...



16. Dè an clas a th' agad?

- Leugh na stiùridhean seo.
- Coimhead air mapa Àrd-sgoil Thaobh na Locha.
- Tòisich aig bonn na staidhre.
- Càit an tèid thu?

Look at the map of Lochside High. Start at the front door and follow these directions. Where do you end up?



"Feumaidh tu a dhol a-steach an doras seo agus sìos an tranntsa. Chì thu an staidhre air do làimh dheis. Ma thèid thu suas an staidhre, chì thu an rùm seo mu choinneimh na h-oifis. Tha e eadar Beurla agus na taighean-beaga."





17. Càit a bheil an oifis?

- Leugh an còmhradh.
- Tha pàrant a' tadhal air Àrd-sgoil Thaobh na Locha airson a' chiad uair.
- Tha e ag iarraidh stiùiridhean dhan oifis.
- Sgrìobh an còmhradh nad leabhar.
- Feumaidh tu a bhith modhail riutha!
- Chaidh a' chiad phàirt a dhèanamh dhut.

A parent is visiting Lochside High for the first time. They ask you for directions to the school office. Write the conversation you would have. Remember to be polite! The first part has been done for you.



Pàrant: Gabh mo leisgeul.

Mise: Seadh?

Pàrant: A bheil fhios agad càit a bheil an oifis?

Mise: Tha...

ceum cànan: language step

In **Ceumannan 3** you learned how to give directions and talk about where places or objects are located.

A bheil cuimhn' agad? Coimhead air ais gu **Ceumannan 3 Modal 3**.

Here are some more useful words for explaining where something is:

Eadar between **Mu choinneimh** opposite

Mar eisimpleir:

Tha Creideamh eadar Eachdraidh agus Nuadh-eòlas.

RE is between History and Modern Studies.

Tha an sgoil eadar an eaglais agus a' phàirc.

The school is between the church and the park.

Tha Eachdraidh mu choinneimh Ealain agus Teicneòlas.

History is opposite Art and Technology.

Tha na taighean-beaga mu choinneimh coimpiutaireachd.

The toilets are opposite computing.



18. A bheil thu ga thuigsinn?

- Èist ris an earrainn. (Earrann 7)
- Tha sgoilearan ag innse mun chuspair a tha/nach eil iad a' tuigsinn anns an sgoil.

Listen to these pupils. They are saying that they do/do not understand certain subjects. Listen to how they say this.



19. A bheil thu gam chluinntinn?

- Leugh na seantansan. (a-h)
- Dè tha iad ag ràdh?
- Maids a' Ghàidhlig ris na seantansan Beurla. (1-8)
- Tha a' chiad seantans air a dhèanamh dhut.

Read the Gaelic and English sentences below. Match each Gaelic sentence with the correct English one. The first match has been done for you.

a. 4

- A bheil thu ga thuigsinn?
- Chan eil mi gad chluinntinn.
- Tha mi ga chuideachadh.
- Chan eil mi ga dhèanamh.
- Chan eil sinn ga iarraidh.
- Cha robh mi ga h-òl.
- Am bi thu ga faicinn?
- Tha mi ga ithe.

- Will you be seeing her?
- I'm not doing it.
- I am eating it.
- Do you understand it?
- I am helping him.
- We don't want it.
- I can't hear you.
- I wasn't drinking it.

Chan eil mi ga dhèanamh.

Siuthad!
Dèan e!



gam/gad/ga...

(Progressive verbal noun with pronoun object)

If you want to find out if someone understands you, you ask:

A bheil thu gam thuigsinn? Do you understand me?

To tell someone that you do/don't understand them, you say:

Tha/chan eil mi gad thuigsinn I do/don't understand you

Notice that you don't say 'a' tuigsinn mi' or 'a' tuigsinn thu' in either of the sentences above. This is because 'mi' and 'thu' are already contained in the little words gam and gad.

Him or her?

The little words used in this case for 'him/it' and 'her/it' are the same in Gaelic – **ga**. Therefore, to tell the difference between the two, the verb will usually give you a clue. If you are referring to a **masculine** noun (him/it) then the verb is lenited, if possible.

ga thuigsinn understand it/him

ga thuigsinn understand it/her

You can use **gam/gad** etc with a lot of verbs in Gaelic. Here are some verbs you know already:

cluinntinn cuideachadh dèanamh faicinn iarraidh

Mar eisimpleir:

A bheil thu gam chluinntinn? Are you hearing me?/Can you hear me?

A bheil lain gad chuideachadh? Is John helping you?

Chan eil mi ga dhèanamh! I'm not doing it!

Bidh mi ga faicinn a-màireach I will be seeing her tomorrow

Chan eil mi ga òl* I'm not drinking it

Chan eil mi ga iarraidh* I'm not wanting it

*Remember that you cannot lenite verbs that begin with a vowel (like **iarraidh**, **òl**, **ithe**).

Therefore, if you are referring to a feminine noun, you must put an '**h**-' before the verb

Chan eil mi ga h-iarraidh I'm not wanting it

Chan eil mi ga h-ithe I'm not eating it

Remember also that you cannot lenite words that begin with the letters **l, n, r, sg, sm, sp** and **st**.

Mar eisimpleir:

Tha e ga nighe fhèin He is washing himself

Tha i ga nighe fhèin She is washing herself

For more explanation and exercises on this, see **Ceumannan cànanain p398-401**.





20. Tha mi 'n dùil...

- Èist ris an earrainn. (Earrann 8)
- Tha daoine ag innse mu na rudan a tha/nach eil iad an dùil a dhèanamh.
- Èist ri ciamar a chanas iad seo.

Listen to these pupils saying what they do and do not intend to do. Listen to how they say this.





21. An-ath-bhliadhna...

- Èist ri Sarah. (Earrann 9)
- Tha i a' bruidhinn mu na cuspairean a tha i 'n dùil a dhèanamh an-ath-bhliadhna.
- Freagair na ceistean.

Listen to Sarah talking about her intentions for next year. Answer the questions.

- Which year will Sarah be going into next year?
- How much longer does she intend to stay at school?
- List the subjects Sarah intends to do next year.
- Which subject does she not intend to continue studying? Why?



Tha an sgoil a' còrdadh rium agus tha mi 'n dùil fuireach bliadhna eile.



22. An còigeamh bliadhna

- Dè na cuspairean a tha thu fhèin an dùil a dhèanamh an-ath-bhliadhna?
- Sgrìobh am fiosrachadh agad ann an Gàidhlig air foirm mar seo.

no

- Inns dha do charaid mu na planaichean agad.
- Èist ri Earrann 9 airson cuideachadh.

What subjects do you intend to do next year? Write your own information in Gaelic on the form below. Or, you could tell your partner about your plans and they can write your information. You might also want to give details of any subjects you intend to drop. Listen again to Sarah in **Earrann 9** to help you.



Sgoil: _____

Ainm: _____ Bliadhna: _____

An-ath-bhliadhna tha mi 'n dùil...

Ainm-sgrìobhte: _____



23. Feumaidh tu Matamataig agus Beurla a dhèanamh

- Leugh an dealbh-chluich ann am buidheann de thrìuir.
- Tha faclan ùra ann.
- Bruidhinn ri do charaidean mu na thachair anns gach pàirt mus leugh sibh an ath phàirt.

Read the play aloud in a group of three. Decide who will play each character. Listen/watch out for some new vocabulary. In your group, discuss what happens in each part before you read the next one.

Faclan ùra

cudromach	important
feumail	useful
ciallach	sensible

Tha Anndra agus Ceit air a' cheathramh bliadhna. Feumaidh iad na foirmichean taghaidh aca a lionadh airson a' chòigeamh bliadhna. Tha am màthair gan cuideachadh.

Twins Kate and Andrew are on 4th year. They have to fill in their options form at home, outlining what subjects they intend to take in 5th year. Their Mum is helping them.

Part A

After dinner Andrew and Kate's Mum is putting some clothes in the washing machine when a school letter falls out of one of Andrew's trouser pockets...

Mam: Dè tha seo? Litir bhon sgoil? Càit a bheil mo speuclairean? Ò, sin iad. Nise...
Mum reads out what is written on the form.

"Sgrìobh na cuspairean a tha thu 'n dùil a dhèanamh an-ath-bhliadhna.

Feumaidh tu Matamataig agus Beurla a dhèanamh. Cuir am foirm seo gu Maighstir MacRath air Dihaoine 1 An t-Ògmhios."

Ò mo chreach! 'S e Dihaoine a th'ann a-màireach! Anndra! Thig a-nuas an staidhre sa mhionaid! A Cheit! Thusa cuideachd.

Anndra: Dè? Tha mi a' cluich gèam air a' choimpiutair.

Mam: Tha mi coma. Cuir dheth an coimpiutair.

Anndra: Awwwww! Ceart.



Andrew reluctantly comes down the stairs.

Mam: Càit a bheil do phiuthar? Tha mi ga h-iarraidh cuideachd.

Anndra: Ceart gu leòr (*shouting from bottom of stairs*) A Cheit!

Ceit: (*Shouting from upstairs*) Dè a-nis? Tha mi air a' fòn!

Anndra: Tha mi coma. Tha Mam gad iarraidh agus chan eil i toilichte.

Ceit: (*Kate tuts and sighs*) Tha mi duilich, Eilidh. Feumaidh mi falbh. Tha mo mhàthair gam iarraidh. Bidh mi gad fhaicinn san sgoil a-màireach. Tioraidh.

Part B

Both Kate and Andrew join their Mum in the kitchen. She is holding the school letter in her hand and doesn't look too pleased!

Mam: Dè tha seo? Bha i nad phòcaid, Anndra.

Anndra: Chan eil fhios agam.

Mam: 'S e litir bhon sgoil a th'ann. Feumaidh sibh innse dè na cuspairean a tha sibh an dùil a dhèanamh an-ath-bhliadhna.

Anndra: Ò aidh!

Mam: Tha Maighstir MacRath ga h-iarraidh air ais a-màireach! Tha seo uabhasach cudromach. A Cheit, càit a bheil an litir agadsa?

Ceit: Hmmm... tha mi a' smaoinachadh gu bheil i nam bhaga.

Mam: Thalla agus coimhead.

Kate runs up stairs and comes back a minute later with the letter from the school.

Ceit: Seo i.

Mam: Ceart. Feumaidh sinn bruidhinn mun seo. Suidhibh sìos aig a' bhòrd.

Part C

The twins sit down at the kitchen table with their Mum to fill in their option forms.

- Mam:** Nise. Feumaidh sibh Beurla a dhèanamh an-ath-bhliadhna. Sgrìobhaibh sin anns a' chlàr.
- Anndra:** Ach chan eil mise ag iarraidh Beurla a dhèanamh! Tha e cho tioram!
- Mam:** Uill tha mi duilich, Anndra, ach bidh thu ga dhèanamh. Sgrìobh sìos e.
- Anndra:** Ach...
- Mam:** Sgrìobh sìos e, Anndra!
- Anndra:** Tha mi ga sgrìobhadh! Tha mi ga sgrìobhadh! Tha gràin agam air Beurla.
- Mam:** Feumaidh sibh Matamataig a dhèanamh cuideachd.
- Anndra:** Chan eil sin cho dona. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil Matamataig nas fhasa na Beurla.
- Ceit:** Tha gràin agamsa air Matamataig. Chan eil mi ga thuigsinn idir.
- Mam:** Uill cha robh mi fhìn ro mhath air Matamataig anns an sgoil, ach feumaidh tu a dhèanamh. Ceart ma-thà. Dè eile a tha sibh a' dol a dhèanamh an-ath-bhliadhna?
- Ceit:** Tha mise a' smaoineachadh gu bheil mi a' dol a dhèanamh Gàidhlig aig Àrd Ìre.
- Mam:** Glè mhath. Tha Gàidhlig uabhasach feumail. Am bi thusa ga dhèanamh, Anndra?
- Anndra:** Chan eil fhios a'm. Chan eil mi ro mhath air.
- Mam:** Dè mu dheidhinn Fraingis?
- Anndra:** Tha Fraingis nas dorra na Gàidhlig.
- Ceit:** Tha mise 'n dùil Eaconamas Dachaigh agus Ceòl a dhèanamh cuideachd.
- Mam:** Eaconamas Dachaigh? Aig Àrd Ìre? Chan eil thu! Faodaidh tu còcaireachd a dhèanamh aig an taigh.
- Ceit:** Ach tha e a' còrdadh rium.
- Mam:** Dè mu dheidhinn Ceimigeachd no Eachdraidh. Tha thu uabhasach math orra.
- Ceit:** Aww, a Mham, chan eil iad inntinneach. Co-dhiù, tha mi ag iarraidh obair ann an taigh-bidh an uair a tha mi deiseil anns an sgoil. Bidh Eaconamas Dachaigh feumail.
- Mam:** Ceart gu leòr.



Tha mise a' smaoineachadh gu bheil mi a' dol a dhèanamh Gàidhlig aig Àrd Ìre.

Part D

Andrew still hasn't made any decisions. His Mum encourages him to think carefully about his options.

Mam: Nise, Anndra. Dè eile tha thusa 'n dùil a dhèanamh?

Anndra: Tha mise 'n dùil an sgoil fhàgail!

Mam: Bi modhail. Chan eil thu a' fàgail na sgoile. Dè th' agad? Beurla agus Matamataig. Trì cuspairean eile a-nis.

Anndra: Tha mi a' smaoineachadh gu bheil mi a' dol a dhèanamh Spòrs, Spòrs agus Spòrs.


Mam: Ò, tha thu èibhinn, a bhalaich. Siuthad a-nis.

Anndra: Ceart. Tha Teicneòlas a' còrdadh rium agus chan eil Ealain ro dhoirbh.

Ceit: Anndra, tha thusa uabhasach air Ealain!

Anndra: Tha fhios agam, ach tha Ali agus Pòl ga dhèanamh.

Mam: Anndra, tha seo cudromach. Feumaidh tu a bhith ciallach.



Anndra, tha seo cudromach. Feumaidh tu a bhith ciallach.

Anndra: Ceart. Nì mi Fiosaigs.

Mam: Tha sin nas fheàrr. Spòrs, Teicneòlas agus Fiosaigs aig Àrd Ìre. Ceart?

Anndra: Ceart gu leòr.

Mam: Cuiribh na foirmichean anns na bagaichean agaibh agus thallaibh dhan leabaidh. Tha e leth-uair an dèidh deich.

Anndra: Oidhche mhath.

Ceit: Oidhche mhath, a Mham.

Mam: Oidhche mhath leibh.

Tha thu deiseil de **Mhodail 1 aonad 2**.

'S math a rinn thu!

- An urrainn dhut na leanas a dhèanamh?
- Obraich còmhla ri caraid.
- Dèan measadh air do charaid.

Check that you can do the following. Your partner will test you.



'S urrainn dhomh/I can:

<input type="checkbox"/> Name the Gaelic for a range of school subjects	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/> Say what I think of my school subjects	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/> Say that something is easier/more difficult than something else	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/> Say that something is opposite something else	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/> Say that something is between two things	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/> Say that I intend to do something	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/> Say that I do/do not understand something.	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/> Recognise and understand the words gam, gad and ga when used with some common verbs	<input type="checkbox"/>

Faclan is abairtean

****female**

Cuspairean

Bith-eòlas (m)

Ceimigeachd (f)

Fiosaigs (f)

A' toirt seachad beachd

as dorra

as duilghe

as fhasa

bidh mi toilichte sgur dheth

chan eil mi a' smaoin eachadh gu bheil...

chan eil mi a' tuigsinn...

chan eil mi uabhasach measail air...

chan eil ùidh agam ann an...

cho tioram

furasta gu leòr

nas dorra (na)

nas duilghe (na)

nas fhasa (na)

tha cus obrach ann

tha gràin agam air...

tha mi a' smaoin eachadh gu bheil...

tha mi meadhanach math air...

tha mi uabhasach measail air...

tha ùidh mhòr agam ann an...

tòrr sgrìobhaidh

Gnìomhairean

A bheil thu gam chluinntinn?

Tha/Chan eil mi gad chluinntinn

ga chluinntinn

ga cluinntinn

gam chuideachadh

gad chuideachadh

ga chuideachadh

ga cuideachadh

ga dhèanamh

ga dèanamh

gam fhaicinn

gad fhaicinn

ga fhaicinn

ga faicinn

gam iarraidh

Subjects

Biology

Chemistry

Physics

Giving an opinion

hardest/most difficult

hardest/most difficult

easiest

I'll be happy to give it up

I don't think that...

I don't understand...

I am not very keen on...

I'm not interested in...

so boring

easy enough

harder/more difficult (than)

harder/more difficult (than)

easier (than)

There's too much work involved in it

I hate...

I think that...

I'm quite good at...

I'm really keen on...

I'm really interested in...

lots of writing

Verbs

Are you hearing me?/Can you hear me?

I am/I'm not hearing you

hearing him/it

hearing her/it

helping me

helping you

helping him

helping her

doing it (referring to a masculine noun)

doing it (referring to a feminine noun)

seeing me

seeing you

seeing him/it

seeing her/it

wanting me

gad iarraidh
 ga iarraidh
 ga h-iarraidh
 ga ithe
 ga h-ithe
 ga òl
 ga h-òl
 A bheil thu gam thuigsinn?
 Tha/Chan eil mi gad thuigsinn
 Tha/Chan eil mi ga thuigsinn
 Tha/Chan eil mi ga tuigsinn

Eile

A bheil thu 'n dùil...?
 Am-bliadhna
 An-ath-bhliadhna
 Àrd-sgoil a' Phluic
 Àrd-sgoil Thaobh na Locha
 Chan eil mi 'n dùil...
 ciallach
 cudromach
 cus
 eadar
 Feumaidh tu a bhith...
 feumail
 MacIlleDhuibh/NicIlleDhuibh**
 mu choinneimh
 an dùil/'n dùil...
 Tha mi 'n dùil an sgoil fhàgail
 Tha Cailean an dùil an sgoil fhàgail
 Tha mi 'n dùil Fraingis a dhèanamh

wanting you
 wanting him/it
 wanting her/it
 eating it (referring to a masculine noun)
 eating it (referring to a feminine noun)
 drinking it (referring to a masculine noun)
 drinking it (referring to a feminine noun)
 Do you understand me?
 I do/don't understand you
 I do/don't understand him/it
 I do/don't understand her/it

Other

Do you intend/plan to...?
 this year
 next year
 Plockton High School
 Lochside High School
 I don't plan/intend to...
 sensible
 important
 too much
 between
 You need to be...
 useful
 Black (surname)
 opposite
 intend(s) to...
 I intend to leave school
 Colin intends to leave school
 I intend to do French



Sùil air ais 1 Tha Gearmailtis nas fhasa na Beurla

- Leugh mu na cuspairean aig Ailig.
- Cuir na cuspairean anns an òrdugh cheart – as fhasa gu as dorra.

Alec is comparing his school subjects. Arrange the subjects from easiest to most difficult.

Am-bliadhna tha mi a' dèanamh Beurla, Matamataig, Ceimigeachd, Gearmailtis, Creideamh, Spòrs agus Nuadh-eòlas.

Tha Gearmailtis nas fhasa na Beurla ach tha e nas dorra na Ceimigeachd.

Tha Matamataig uabhasach furasta. Tha e nas fhasa na Ceimigeachd ach beagan nas dorra na Creideamh.

'S e Creideamh an cuspair as fhasa, tha mi a' smaoinichadh.

Chan eil mi math air Spòrs no Beurla idir, ach tha Spòrs nas dorra na Beurla.

Tha Nuadh-eòlas fada ro dhoirbh. 'S e sin an cuspair as dorra. Tha a h-uile càil nas fhasa na Nuadh-eòlas!

easiest	_____
then	_____
then	_____
then	_____
then	_____
then	_____
most difficult	_____





Sùil air ais 2 Dè do bheachd air Eachdraidh?

- Èist ris an earrainn. (Earrann 10)
- Tha lain a' dèanamh rannsachadh mu Eachdraidh.
- Tha e a' bruidhinn ri sgoilearan anns a' chlas aige mu na beachdan aca air a' chuspair.
- Dè tha iad ag ràdh?
- Maids ainm ri beachd.
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

John is doing a survey of some of his classmates to find out what they think of History.

Listen to each person's opinion. Match the correct person with their opinion. The first match has been done for you.



a) 2 *Angela thinks it is so boring.*

- | | |
|---------------------|---|
| a. Angela thinks | 1) it is far too difficult |
| b. Robert thinks | 2) it's so boring |
| c. Christina thinks | 3) he's quite good at it |
| d. Lachlan thinks | 4) it's easy enough |
| e. Peter thinks | 5) there's too much work involved in it |
| f. Donalda thinks | 6) it is easier than Modern Studies |
| g. John thinks | 7) it's harder than Geography |



Sùil air ais 3 Tha Gàidhlig nas fhasa na Bith-eòlas

- Coimhead air na cuspairean seo.
- Dèan coimeas eatarra.
- Nad bheachd fhèin, dè as fhasa/as dorra?
- Sgrìobh seantans airson gach fear.

Look at these pairs of subjects. Make your own comparisons. Which is easier/harder? Write a sentence for each pair.

Mar eisimpleir:

Tha mi a' smaoineachadh gu bheil Gàidhlig nas fhasa na Bith-eòlas.

I think that Gaelic is easier than Biology.

Gaelic/Biology
French/German

English/History
Music/Home Economics

Maths/Computing
Physics/Chemistry

Art/PE



Sùil air ais 4 Tha Gearmailtis mu choinneimh Ceòl

- Coimhead air a' mhap.
- Leugh na seantansan.
- Càit a bheil na clasaichean?
- Maids litir ri cuspair.

Look at the map of one of the floors in a high school. Read the statements telling you where each classroom is. Match rooms a-f with the correct subject.



TRANNSA



- ♦ Tha Ealain ri taobh Gàidhlig.
- ♦ Tha Gearmailtis mu choinneimh Ceòl
- ♦ Tha Nuadh-eòlas eadar Ceòl agus Cruinn-eòlas.
- ♦ Tha Gearmailtis eadar Ealain agus Beurla.
- ♦ Tha Beurla mu choinneimh Ceimigeachd.



Sùil air ais 5 Am-bliadhna...

- Leugh dà earrann.
- Freagair na ceistean orra.

Choose two passages to read. Answer the following questions based on the people you chose.

- Where does this pupil live?
- What school do they go to?
- Give details of one subject they like/enjoy. What do they say about this subject?
- Give details of one subject they don't like/enjoy. What do they say about it?
- Give details of what they intend to do next year.



Màiri NicIllEathain

Hai! Is mise Màiri NicIllEathain. Tha mi còig-deug agus tha mi air a' cheathramh bliadhna ann an Àrd-sgoil a' Phluic. Is toigh leam a bhith a' fuireach anns a' Phloc agus tha an sgoil a' còrdadh rium. Chan eil ach trì cheud sgoilear anns an sgoil agam, ach tha mi a' smaoineachadh gu bheil i mòr gu leòr.

Am-bliadhna, tha mi a' dèanamh Beurla, Matamataig, Gàidhlig, Ealain, Ceòl, Eachdraidh agus Ceimigeachd.

Tha mi a' smaoineachadh gu bheil mi meadhanach math air Beurla agus Matamataig, ach chan eil iad a' còrdadh rium. Tha mi nas fheàrr air Gàidhlig, Ealain agus Ceòl. Tha iad nas fhasa na Beurla agus Matamataig co-dhiù! Tha ùidh mhòr agam ann an Ceòl. 'S urrainn dhomh a' chlàrsach a chluich agus is toigh leam seinn.

Chan eil mi uabhasach measail air Eachdraidh. Chan eil mi a' smaoineachadh gu bheil e inntinneach. 'S e Ceimigeachd an cuspair as dorra, tha mi a' smaoineachadh. Chan eil mi ga thuigsinn agus bidh mi toilichte sgur dheth.

An-ath-bhliadhna tha mi 'n dùil Gàidhlig, Ealain agus Ceòl a dhèanamh. Feumaidh mi Beurla agus Matamataig a dhèanamh cuideachd. Chan eil mi a' dol a dhèanamh Ceimigeachd no Eachdraidh.



Màrtainn MacIlleDhuibh

Hallò. 'S e Màrtainn an t-ainm a th'orm – Màrtainn MacIlleDhuibh agus 's ann à Leòdhas a tha mi. Tha mi gu bhith sia-deug anns a' Ghiblean agus tha mi air a' cheathramh bliadhna ann an Sgoil MhicNeacail ann an Steòrnabhagh. Tha mi a' fuireach ann an Càrlabhagh. Chan eil Càrlabhagh faisg air an sgoil agus feumaidh mi a dhol dhan sgoil air bus.

Chan eil mi uabhasach measail air an sgoil, ach chan eil mi a' smaoineachadh gu bheil i doirbh agus tha na tidsearan laghach gu leòr.

Am-bliadhna tha mi a' dèanamh Beurla, Matamataig, Gàidhlig, Fiosaigs, Teicneòlas, Cruinn-eòlas agus Coimpiutaireachd.

Cha toigh leam Beurla oir tha cus sgriobhaidh ann agus chan eil mi a' smaoineachadh gu bheil Gàidhlig, Cruinn-eòlas no Fiosaigs inntinneach idir. Tha Matamataig agus Coimpiutaireachd furasta gu leòr agus tha ùidh mhòr agam ann an Teicneòlas.

Dè tha mi a' dol a dhèanamh an-ath-bhliadhna? Obair! Tha mi 'n dùil an sgoil fhàgail agus gheibh mi obair còmhla ri m'athair. 'S e saor a th'ann.



Seòna Mhoireasdan

Hai. Is mise Seòna Mhoireasdan agus 's ann às an Òban a tha mi. Tha mi sia-deug agus tha mi air a' cheathramh bliadhna ann an Àrd-sgoil an Òbain. Tha an sgoil ceart gu leòr, ach tha tòrr obair-dachaigh agam am-bliadhna!

Tha mi a' dèanamh Eaconamas Dachaigh, Bith-eòlas, Fraingis, Teicneòlas, Matamataig, Beurla agus Nuadh-eòlas.

'S fheàrr leam Eaconamas Dachaigh oir tha ùidh mhòr agam ann an còcaireachd agus tha mi a' smaoineachadh gu bheil an tidsear glè mhath. Chan eil Fraingis a' còrdadh rium idir. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil e fada ro dhoirbh. Chan eil mi ga thuigsinn idir. Chan eil mi ro dhona air Teicneòlas agus Bith-eòlas.

Chan eil mi measail air Nuadh-eòlas idir. Chan eil e doirbh ach tha mi a' smaoineachadh gu bheil e cho tioram! Tha gràin agam air an tidsear cuideachd! Tha Beurla agus Matamataig ceart gu leòr ach chan eil mi ro mhath orra.

An-ath-bhliadhna tha mi 'n dùil an sgoil fhàgail. Tha mi ag iarraidh obair ann an taigh-bìdh no taigh-òsta anns an Òban.



Sùil air ais 6 A bheil thu ga h-iarraidh?

- Leugh na seantansan Beurla gu h-ìosal.
- Tha suidheachaidhean eadar-dhealaichte annta.
- Maids an seantans Gàidhlig ceart bhon bhogsa ri gach suidheachadh.
- Tha a' chiad fhear air a dhèanamh dhut.


Read and consider each of the following different situations. What would you say? Choose the correct response from the box below. The first one has been done for you.

1. Your friend whispers to you in class but you can't hear her. You say:

Chan eil mi gad chluinntinn

2. Your teacher wants to check that you understand him. He asks:
3. You phone your friend but the signal is bad. You ask her if she is hearing you:
4. You are throwing out a jacket that is too small for you. You ask your little brother if he wants it:
5. Your teacher Mr MacFarlane sends you to tell one of your classmates that he wants to see them. You tell them:
6. You are having difficulty in class. You want to find out if your partner understands the story you are reading. You ask her:
7. Your teacher asks you why you are talking to your partner David. You say that you are helping him:
8. You have Maths homework due next week. Your friend asks when you are going to do it. You say you are doing it tonight:
9. Your friend asks if you have seen the latest film that's out. Tell her you will be seeing it tonight:
10. You and your friend are in the school canteen. You don't like the food today. You say you are not eating it:

Tha e gad iarraidh
Bidh mi ga dèanamh a-nochd
Chan eil mi ga ithe
A bheil thu ga tuigsinn?
A bheil thu gam chluinntinn?
A bheil thu ga h-iarraidh?
Tha mi ga chuideachadh
Bidh mi ga fhaicinn a-nochd
A bheil thu gam thuigsinn?
Chan eil mi gad chluinntinn ✓





Cultar Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd The National Centre of Excellence in Traditional Music



Leugh

- Leugh mu Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd.
- Freagair na ceistean.
- Tha na faclan ùra ann an clò trom agus ann am Beurla cuideachd.

Read about Tha National Centre of Excellence in Traditional Music and answer the questions. You will find the English for any new words (in bold) at the end of the passage.



Dh'fhosgail Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd anns a' bhliadhna 2000 ann an **Àrd-sgoil a' Phluic**.

Bidh sgoilearan **bho air feadh na h-Alba** a' dol dhan sgoil. Tha iad uabhasach **tàlantach** ann an ceòl **traidiseanta** agus seinn.

Bidh mu thrì cheud sgoilear a' dol gu Àrd-sgoil a' Phluic agus tha mu fhichead 's a trì **dhiubh sin** anns an sgoil chiùil cuideachd.



Tidsearan

Bidh na tidsearan a' tighinn dhan sgoil **bho air feadh na h-Alba**. 'S e seinneadairean agus cluicheadairean **proifeiseanta** a th' anna agus tha iad uile gu math **ainmeil**.

Clasaichean

Feumaidh na sgoilearan ciùil a dhol gu clasaichean **àbhaisteach** a h-uile latha, ach bidh iad cuideachd a' faighinn deich **uairean a thide** de chlasaichean ciùil a h-uile seachdain. Cuideachd, feumaidh iad a bhith ag obair air an ionnsramaid/an t-seinn aca airson **dà uair a thide** a h-uile h-oidhche. Tha iad uabhasach trang!

Tòrr spòrs!

Às dèidh na sgoile, agus air an deireadh-sheachdain, bidh na sgoilearan a' cluich agus a' seinn aig consairtean agus cèilidhean agus, a h-uile bliadhna, bidh iad a' falbh air **turas-ciùil** còmhla **timcheall** Alba.

Gach bliadhna bidh na sgoilearan ann an Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd a' dèanamh **clàr**. Seo **cuid** de na clàran a rinn iad. Tha ainmean inntinneach orra!

- ◆ First Class
- ◆ Aye Spy
- ◆ Three Cheese and a Teaburger
- ◆ Now That's What I Ceòl Music
- ◆ Enjoy The Ride
- ◆ May The 4th Be With You
- ◆ Duck!
- ◆ We're A Case The Bunch Of Us



Dè tha na sgoilearan ag ionnsachadh?

Feumaidh na sgoilearan dà rud ionnsachadh às na leanas:



Piob

Fidheall



Clàrsach



Piàna/
meur-chlàr

Bogsa



Duiseal

Òran Gàidhlig

Giotàr

Fideag

Òran Albais

Bidh iad cuideachd ag ionnsachadh eachdraidh ceòl **traidiseanta** agus mar a nì iad clàradh ann an stiùidio.

Cò bhios a' dol dhan sgoil seo?

Ma tha thu ag iarraidh a dhol gu Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd:

Feumaidh tu...

- a bhith a' fuireach ann an Alba.
- a bhith fìor mhath air ceòl traidiseanta no seinn.
- **sealltainn cho math 's a tha thu** air cluich/seinn.

Gach bliadhna, bidh tòrr sgoilearan a' cur a-steach airson Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd, ach chan eil e furasta **faighinn a-steach**.

Uaireannan bidh sgoilearan a' tòiseachadh ann an Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd air a' chiad bhliadhna, ach bidh tòrr **direach** a' tighinn **air a' chòigeamh agus an t-siathamh bliadhna**.

Bidh na sgoilearan a' fuireach ann an ostail na sgoile. Faodaidh iad a dhol dhachaigh air an deireadh-sheachdain, ach uaireannan bidh iad ro thrang le consairtean agus cèilidhean!

A bheil ùidh agad anns an sgoil seo?

Ma tha ùidh agad fhèin anns an sgoil seo, gheibh thu fiosrachadh agus **foirm-iarrtais** air an eadar-lìon air www.musicplockton.org



Faclan ùra

àbhaisteach	normal	feadhainn dhiubh	some of them
ainmeil	famous	fhaighinn a-steach	to get in
air a' chòigeamh agus an t-siathamh bliadhna	on 5th and 6th year		
fideag	whistle	foirm-iarrtais	application form
às na leanas	from the following	gach bliadhna	each year
Albais	Scots	ma tha thu ag iarraidh	if you want
Àrd-sgoil a' Phluic	Plockton High School	ma tha ùidh agad	if you are interested
bho air feadh na h-Alba	from all over Scotland	proifeiseanta	professional
clàr	album	sealltainn cho math 's a tha thu	show how good you are (audition)
dà uair a thìde	two hours	tàlantach	talented
cuid	some	timcheall	around
a' cur a-steach	apply	traidiseanta	traditional
dhiubh sin	of them	turas-ciùil	music tour
dìreach	just	uairean a thìde	hours
duiseal	flute	uile	all

1. When did Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd open?
2. Within which high school is it situated?
3. Where do the pupils who attend the music school come from?
4. How many pupils attend the music school?
5. What is said about the teachers at the school?
6. Describe a typical week for a music school pupil.
7. What activities are pupils often involved in after school and at weekends?
8. Where do the music school pupils go on tour every year?
9. What is said about the names of the albums pupils have recorded?
10. How many disciplines must each pupil study?
11. Make a list in Gaelic and English of all the disciplines that are offered to pupils.
12. What two other things do pupils learn?
13. What are the three conditions of entrance to the school?
14. What is said about the application process?
15. When do most people start going to the school?
16. Where do pupils stay during term time?
17. What are pupils sometimes too busy to do at weekends?
18. If you are interested in going to the school, what can you do?



Learn some words for things commonly seen in the countryside

Ask and say what you and others must/must not do

Ask, give and refuse permission

Fàilte air an dùthaich!

Cànan:

Am feum...?

Am faod...?

Infinitives: a dhol, a dhèanamh, a thoirt...

Cultar:

Gaelic songs about the countryside

A research topic of your choice






1. Crodh agus caoraich

- Coimhead air an dealbh dhùthchail seo.
- Èist ris an earrainn. (Earrann 1)
- Èist ris na faclan. Tha feadhainn ùra ann.
- Cuir do chorrach air gach facal an uair a chluinneas tu e.
- Sgrìobh na faclan ùra nad leabhar-sgrìobhaidh.

Look at the countryside scene. Listen to the words. (Earrann 1) Point to each word on the picture when you hear it. Copy the new words into your jotter in Gaelic and English.

Air an dùthaich





2. Chì thu abhainn

- Èist ris an earrainn. (Earrann 2)
- Tha na daoine uile a' fuireach air an dùthaich.
- Tha iad ag innse dè chì iad bhon uinneig aca.
- Cuir ✓ fo na rudan a chì iad.

These people all live in the country. They are saying what they can see from their window. Tick the things they can see.

	mountains	river	loch	sea	rocks	shore	wood	field	sheep	cows	trees	moor
Colin												
Alison												
Simon												



3. Chì mi cladaich anns an dealbh

- Obraich còmhla ri caraid/ann am buidheann.
- Cruinnich dealbhan dùthchail à irisean/leabhraichean no bhon eadar-lìon.
- Coimhead air na dealbhan.
- Inns dè chì sibh anna.
- Ma tha tid' agad, cuir dealbhan nad leabhar-sgrìobhaidh agus sgrìobh Gàidhlig rin taobh.

Collect some pictures of countryside scenes from magazines, books or the internet.

With a partner/in a group, look at the pictures. Tell each other what you can see. Point to each thing as you say it. If your school is in the country, look out of the window instead of using pictures.

If you have time, draw/stick a picture into your jotter and label the things you know in Gaelic. Your teacher will help you label any things you don't know yet.





4a. Fireann no boireann?

- Leugh na faclan.
- A bheil na faclan seo fireann no boireann?
- Cuir ann an dà chobh iad nad leabhar-sgrìobhaidh.
- Cleachd faclair.

Read these Gaelic words. Are they masculine or feminine? Separate them into two columns. Use your faclair to help you.

Masculine or feminine?

beinn	craobh	crodh	abhainn	loch
gleann	muir	monadh	caora	achadh
tràigh	creag	cladach	coille	croit

Masculine	Feminine
gleann – a glen	beinn – a mountain



4b. Beinn mòr no beinn mhòr?

- Coimhead air na faclan ann an 4a a-rithist.
- Sgrìobh gach facal le buadhair.
- Cuimhnich air na riaghailtean!

Look at the words in 4a again. Write each word with an adjective of your choice. Remember the rules!

Mar eisimpleir:

- ♦ Gleann (m)
Gleann mòr – a big glen
- ♦ Beinn (f)
Beinn mhòr – a big mountain



5. Litreachadh -ean no -an?

- Leugh na faclan.
- Cuir an deireadh ceart orra.
- Cuimhnich air na riaghailtean!

Use your knowledge about spelling to help you choose the correct ending to make these words plural. Look back at Ceumannan1 page 83 to help you.

craobh loch tràigh creag croit



6. Turas-sgoile dhan Eilean Sgitheanach

- Leugh an litir.
- Freagair na ceistean.

Read the letter and answer the questions.

Tha sgoilearan air a' cheathramh bliadhna ann an Àrd-sgoil Thaobh na Locha a' falbh air turas-sgoile dhan Eilean Sgitheanach. Tha an Ceannard, Mgr Caimbeul, a' cur litir dhachaigh gu pàrantan.

The 4th year pupils in Lochside High School have the opportunity to go on a school trip to the Isle of Skye. The Headmaster, Mr Campbell, sends a letter to parents, telling them about the trip.



**Àrd-sgoil
Thaobh na Locha**

17 Rathad na Coille
Obar Pheallaidh
Siorrachd Pheairt
PH15 3ZD
10 Sultain

A Phàrant chòir,

Tha sinn an dùil falbh air turas-sgoile dhan Eilean Sgitheanach leis a' cheathramh bliadhna.
Bidh sinn a' falbh eadar Diluain 1 agus Dihaoine 5 an Dàmhair.
Bidh sinn a' fuireach ann an ostail-òigridh ann am Port Rìgh.
Cosgaidh an turas ceud not (airson bus, ostail-òigridh, biadh agus cur-seachadan).
Feumaidh sgoilearan pròiseact rannsachaidh a dhèanamh an uair a tha iad anns an eilean.
Cuiribh am foirm seo air ais dhan sgoil ro 20 an t-Sultain.

Le dùrachd,

D. Caimbeul

D. Caimbeul (Ceannard)

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun turas, coimhead air làrach-lìn na sgoile.
www.ard-sgoilthaobhna-locha.gov.uk/turas

✂

Ainm an sgoileir _____

Faodaidh/chan fhaod _____ an nighean/am balach agam falbh air an turas-sgoile dhan Eilean Sgitheanach.

Ainm-sgrìobhte (pàrant) _____

Deit _____

Ceistean

1. When was the letter written?
2. How long will the trip last?
3. On which date will pupils be leaving to go away on the trip?
4. Where will they be staying?
5. a) How much does the trip cost?
b) What does the price include?
6. What must all pupils do whilst away on the trip?
7. What should parents do if they require more information about the trip?
8. Write the school address in English.
9. You are filling in the permission slip for your son Roddy MacRae to go on the trip. Complete the form correctly.
10. Find the Gaelic for these words in the letter:

a) signature	e) between
b) research project	f) website
c) activities	g) more information
d) Headmaster	h) school trip



7a. Pròiseactan rannsachaidh

- Èist ris an earrainn. (Earrann 3)
- Feumaidh na sgoilearan pròiseact a dhèanamh an uair a tha iad air falbh air an turas.
- Faodaidh iad an cuspair a thaghadh.
- Tha an tidsear a' bruidhinn riutha mun phròiseact a tha iad an dùil a dhèanamh.
- Dè na cuspairean a thaghadh iad?

While the pupils are on their trip to Skye, they must complete a research project related to one of their school subjects.

Their Gaelic teacher is talking to them about their topics. Listen to the conversation.

Write the school subject each pupil has chosen.

Name	Subject of project
a) Mary Anne	Geography
b) Andrew	
c) Kate	
d) Tom	
e) Roddy	
f) Carole	
g) Kenneth	



7b. Pròiseactan rannsachaidh mun Eilean Sgitheanach

- Leugh ainmean nam pròiseactan.
- Maids gach pròiseact ris an sgoilear cheart.
- Cleachd am fiosrachadh a fhuair thu ann an 7a airson do chuideachadh.

Here are the project titles some of the pupils submit before they go on the trip. Use the information you found out in 7a to match each project to the correct pupil.

a) Eachdraidh Caisteal Dhùn Bheagain



b) Camanachd anns an Eilean Sgitheanach



c) Seallaidhean brèagha den Eilean Sgitheanach



d) Beanntan is lochan anns an Eilean Sgitheanach



e) Sabhal Mòr Ostaig – Colaiste na Gàidhlig



g) Biadh traidiseanta às an Eilean Sgitheanach



f) Òrain Ghàidhlig às an Eilean Sgitheanach



ceum cànan:
language step

Infinitives 'To do, to play, to talk...'

In English, the infinitive of the verb will almost always begin with 'to'. The same may be said of most infinitives in Gaelic.

Mar eisimpleir:

a dhèanamh to do

Feumaidh mi pròiseact a dhèanamh.

I have to do a project.

a dhol to go

Tha mi 'n dùil a dhol dhan Oilthigh.

I intend to go to University.

a chluich to play

Am faod sinn hocaidh a chluich?

Are we allowed to play hockey?

a bhruidhinn to talk

Chan eil mi a' dol a bhruidhinn ris.

I'm not going to talk to him.

a sgrìobhadh to write

Tha mi a' dol a sgrìobhadh leabhar.

I am going to write a book.

Look out for infinitives in this unit.

For further explanation and exercises on infinitives, see **Ceumannan cànan p401-403**.

Am faod mi an
TBh a chur sìos?





8a. Am feum mi a dhol dhan sgoil an-diugh?

- Èist ris an earrainn. (Earrann 4a)
- Tha na daoine a' faighneachd am feum iad rud a dhèanamh.
- Èist ris a' cheist.
- Èist ris na freagairtean.

Listen to the following people asking if they have to do something. Listen to how they ask the question and listen to the answers they get.



8b. Am feum thu a dhol dhan fhiacclair?

- Èist ris an earrainn. (Earrann 4b)
- Tha daoine a' faighneachd am feum iad, no cuideigin eile, rudeigin a dhèanamh.
- Dè am freagairt a tha iad a' faighinn – Feumaidh no Chan fheum?
- Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

Listen to these people. They are asking if they, or someone else needs to do something. What answer do they get – Yes or No? The first one has been done for you.

- Yes
-
-
-
-
-

Feumaidh mi a dhol dhan fhiacclair.
Tha an t-eagal orm.





9. Am faod...?/Am feum...?

- Cuiridh an tidsear agad ceistean air gach sgoilear anns a' chlas.
- Bidh gach ceist a' tòiseachadh le Am faod...? no Am feum...?
- Dèan cinnteach gu bheil thu deiseil leis an fhreagairt cheart.

Your teacher will ask your class some questions - each one either beginning with either **Am faod...?** or **Am feum...?** Be ready to answer his/her questions with the correct form of 'yes' or 'no'.

Remember!

Whenever a question begins with
Always be ready with

"Am faod...?"

"Faodaidh"

or

"Chan fhaod"

Whenever a question begins with
Always be ready with

"Am feum...?"

"Feumaidh"

or

"Chan fheum"

ceum cànan: language step

You already know how to say someone needs to do something. A bheil cuimhne agad?

Feumaidh tu a dhol suas an rathad You need to go up the road

If you want to say that someone doesn't need to do something, you say:

Chan fheum... followed by what you are talking about.

Chan fheum mi còta a thoirt leam

I don't need to take a coat with me.

Chan fheum thu pròiseact a dhèanamh

You don't need to do a project.

If you want to find out if you, or someone else needs to do something, you ask:

Am feum...? followed by the thing you are asking about.


Am feum sinn eacarsaich a trì a dhèanamh?

Do we need to do exercise 3?

Am feum mi suidhe an sin?

Do I have to sit there?

To answer these questions, you can just use **Feumaidh** or **Chan fheum** for a short 'Yes' or 'No'.





10. Am faod mi a dhol dhan phartaidh?

- Èist ris an earrainn. (Earrann 5)
- Tha Màiri ag iarraidh cead diofar rudan a dhèanamh.
- Cuir ✓ ri taobh nan seantansan a dh'fhaodas i a dhèanamh agus ✗ ri taobh feadhainn nach fhaod.

Listen to Màiri asking permission to do various things. Put a ✓ in the box alongside the things Màiri is allowed to do and an ✗ beside the things she is not.

	Mairi is allowed to...	Ceart(✓)/Ceàrr(✗)
a.	go to the shop	
b.	go to the toilet	
c.	go to the party	
d.	go to school	
e.	get a pencil	
f.	talk to Mr MacLeod	
g.	get a drink	
h.	sing at the ceilidh	

Am faod mi a dhol dhan phartaidh?



11. Club-òigridh

- Leugh riaghailtean a' chlub-òigridh.
- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig agus Beurla.

Read the poster. It shows the rules of the youth club. Write each rule in Gaelic and English.

Riaghailtean

1. Feumaidh tu brògan-spòrs a chur ort anns an talla
2. Chan fhaod thu ithe no òl anns an talla
3. Faodaidh tu ball-coise a chluich
4. Chan fheum thu pàigheadh
5. Feumaidh tu a bhith ceithir-deug airson tighinn don club
6. Chan fhaod thu smocadh anns an togalach

12. Tuilleadh fiosrachaidh air-loidhne

- Leugh am fiosrachadh.
- Tha tuilleadh fiosrachaidh mun turas-sgoile air làrach-lìn Àrd-sgoil Thaobh na Locha. Tha ceistean cumanta air am freagairt.
- Freagair na ceistean.

The Lochside High School website contains more information about the school trip to Skye. The page below shows some of the FAQs, along with answers to them. Read the information and answer the questions that follow.

Àrd-sgoil Thaobh na Locha

Turas-sgoile dhan Eilean Sgitheanach (An Ceathramh Bliadhna)



Ceistean cumanta

Am faod mi fòn-làimhe a thoirt leam?

Chan fhaod thu fòn-làimhe a thoirt leat. Bidh fòn-làimhe aig na tidsearan agus faodaidh pàrantan fònadh ma dh'fheumas iad.

Am feum mi tòrr airgid a thoirt leam?

Chan fheum. Faodaidh sgoilearan airgead-pòcaid a thoirt leotha. Bidh mu dheich notaichean gu leòr.

Dè an t-aodach a dh'fheumas mi?

Bidh i tric fuar agus fliuch anns an Eilean Sgitheanach. Feumaidh tu aodach freagarrach a thoirt leat.

Dè eile a dh'fheumas mi?

Feumaidh tu:

Geansaidh blàth	Brògan-coiseachd	Còta/seacaid-uisge	Sgarfa
Briogais	Stòcainnean blàtha	Miotagan	Ad bhlàth
Bòtannan	CHAN EIL briogais 'denim' freagarrach ma tha latha fliuch ann!		

Cuideachd feumaidh tu:

Peann	Peansail	Pàipear	Baga-droma
-------	----------	---------	------------

Cia mheud sgoilear a bhios anns gach rùm?

Bidh sianar anns gach rùm.

Cò bhios anns an rùm còmhla rium?

Faodaidh sgoilearan taghadh cò bhios anns na rumannan còmhla riutha.

Dè cho fada 's a bhios sinn air a' bhus dhan Eilean Sgitheanach?

Bidh e a' toirt mu shia uairean a thide a dhol dhan Eilean Sgitheanach air a' bhus.

Càit am bi sinn ag ithe?

Bidh sinn a' gabhail bracaist agus dinnear anns an ostail. Tha cidsin mòr ann agus bidh na sgoilearan agus na tidsearan a' còcaireachd còmhla.

Ceistean

1. Are pupils allowed to take mobile phones with them on the trip?
2. Do pupils need to take a lot of money with them?
3. What amount of money is suggested?
4. What weather should pupils be prepared for in Skye?
5. Name 4 items of clothing that will be suitable for the trip?
6. Why are jeans not suitable?
7. What other things will pupils need?
8. How many people will be sharing each room?
9. Are pupils allowed to choose who they share a room with?
10. How long will the bus journey to Skye take?
11. What two meals will pupils eat in the hostel each day?
12. Who will cook the meals?



13. Fàilte gu Ostail-òigridh Phort Rìgh

- Leugh na riaghailtean.
- Tha na sgoilearan air ostail-òigridh Phort Rìgh a ruighinn.
- Tha liosta riaghailtean air a' bhalla.
- Freagair na ceistean a leanas.

The pupils have arrived at Portree Youth Hostel.

They notice that there is a list of hostel rules on the wall. Read the rules and answer the questions.

Fàilte gu Ostail-òigridh Phort Rìgh

Riaghailtean

- ♦ Feumaidh sibh na rumannan-cadail, an rùm-suidhe agus an cidsin a chumail sgiobalta.
- ♦ Feumaidh sibh bòtannan agus còtaichean-uisge fhàgail aig an doras.
- ♦ Chan fhaod sibh ithe no òl anns na rumannan-cadail.
- ♦ Chan fhaod sibh smocadh anns an ostail.

Às dèidh deich uairean feasgar:

- ♦ Feumaidh sibh a bhith sàmhach.
- ♦ Feumaidh na solais a bhith dheth.
- ♦ Feumaidh an doras a bhith glaiste.

Mòran taing !

Ceistean

1. Which 3 rooms must be kept tidy?
2. What 2 things must be left at the door?
3. What 2 things are you not allowed to do in the bedrooms?
4. What are you not allowed to do anywhere in the hostel?
5. Complete the following rules:
After 10pm:
You must be _____.
The _____ must be off.
The _____ must be _____.



14. Feumaidh sinn biadh a cheannach

- Èist ris an earrainn. (Earrann 6)
- Tha am buidheann a' bruidhinn mun bhiadh a dh'fheumas iad a cheannach airson bracaist.
- Dè dh'fheumas iad a cheannach?
- Dèan an obair.

The group need to buy some food to make breakfast each day. What do they need to buy? Listen to the conversation. Complete the tasks.

- How many people does Mr Smith say need to go to the shop?
- Make a note of the things they need to buy.
- What do the pupils want to have for dinner tonight?
- Who will go and get this?
- Andrew also tells Christine "Feumaidh tu liosta a sgrìobhadh". What is he saying she needs to do?





15. Ann am Bùth a' Ghrosair

- Obraich còmhla ri caraaid.
- Feumaidh tu a dhol dhan bhùth airson dinnear a cheannach.
- Tha do charaid ag obair anns a' bhùth.
- Dèan còmhraidh ri do charaid.
- Lean na stiùiridhean air cairt A agus B:

Work with a partner. It's your turn to cook in the hostel tonight. You are going shopping for some of the items needed to make macaroni cheese and salad for dinner. One of you will play the part of the shopkeeper, the other the customer. Follow the instructions below:

Caraid A – Fear na bùtha

Greet the customer and ask them what they need.

Prices

Pasta	£2 per kilo	Onions	40p each
Cheese	£1.50 per kilo	Lettuce	£1.20 each
Flour	50p per 100g	Peppers	60p each
Butter	£1 per 250g	Tomatoes	10p each

- Tell the customer you are sorry, you don't have any ham.
- Tell them they must go to the butcher's shop.
- Give them directions to the shop.
- Tell them how much their shopping costs.
- Tell them how much change they get.

Be polite! Remember to say please and thank you.

Caraid B – Neach-ceannach

- Greet the shopkeeper.
- Tell him/her what you need.

(You need 2 of each of these ingredients:)

Pasta	Onions	Ham
Cheese	Lettuce	Tomatoes
Flour	Peppers	Butter

Make sure you know how much of each thing you need to buy! You have £30 to spend

Be polite! Remember to say please and thank you.

Faclan feumail

Dè dh' fheumas sibh?	what do you need?	Cia mhead?	how many?
Feumaidh mi...	I need		
Am feum thu càil eile?	Do you need anything else?	Tha mi ag iarraidh...	I want
Dè na tha sin?	How much is that?		
A bheil ... agaibh?	Do you have any...?	not(aichean)	pound(s)
Tha gu dearbh	yes of course	sgillinn	pence
air ais	back	a phacaid	per packet
cileagram	kilogram	gram	gram
...an cileagram	...per kilo	pacaid	packet
Tha mi duilich ach chan eil ... agam		No, I'm sorry but I don't have any...	



16. Fàilte gu Eilean a' Cheò

- Leugh a' bhileag.
- Tha a' bhileag-fiosrachaidh seo anns an ostail-òigridh.
- Freagair na ceistean.

In the youth hostel there are some tourist brochures and leaflets about what there is to do and see in the Isle of Skye. Read the leaflet. Answer the questions.

1. List at least 4 things there are
 - a) to see.
 - b) to do.
2. What choices of accommodation are available?
3. Name at least 3 linguistic and cultural attractions.
4. What can be found at the tourist information office?
5. Where is this located?

Faclan ùra

ri fhaicinn	to see
ri dhèanamh	to do
àitichean-fuirich	places to stay



Fàilte gu Eilean a' Cheò

Seallaidhean brèagha, Gàidhlig, ceòl agus cultar gu leòr!

Ri dhèanamh

coiseachd-monaidh
sreap nam beann
canùthadh
marcachd
iasgach

Ri fhaicinn

beanntan mòra
lochan
aibhnichean
caisteal Dhùn Bheagain
cladaichean
seallaidhean brèagha
geamannan Gàidhealach
iomain

Biadh & àitichean-fuirich

biadh math traidiseanta
taighean-òsta spaideil
taighean leabaidh is bracaist
ostailean-òigridh

Cànan is Cultar

eachdraidh
ceòl is seinn traidiseanta
cèilidhean is dannsaichean
taighean-tasgaidh
taisbeanaidhean
clasaichean Gàidhlig

Airson tuilleadh fiosrachaidh, thigibh gu Oifis Luchd-turais, Sràid a' Chladaich, Port Rìgh.



17a. Coiseachd-monaidh

- Èist ris an earrainn. (Earrann 7)
- Tha na tidsearan agus na sgoilearan a' dèanamh deiseil airson falbh air cuairt.
- Freagair na ceistean.

Listen to **Earrann 7**. Mr Smith and Miss MacLeod are going to take the pupils walking. They are giving them instructions before they set off from the hostel. Read the sentences below. Match each sentence with the correct ending and copy them into your jotter.



Feumaidh sibh bòtannan,
geansaidh blàth, ad agus
còta-uisge a chur oirbh.

- | | |
|---|--|
| a. The group will be going walking in the | north of Skye
south of Skye |
| b. Today the weather is | wet and windy
cold and wet |
| c. Pupils need to wear | boots, hats and raincoats
trainers, scarves and gloves |
| d. Pupils may not wear | trackies
jeans |
| e. Ruairidh doesn't want to wear boots.
He thinks they are | stupid
ugly |
| f. Pupils must bring | a book, a pencil and a backpack
a pen, paper and a backpack |
| g. They will be setting off in | 20 minutes
about 20 minutes |
| h. Miss MacLeod tells the pupils to | tidy up
hurry up |



17b. Aobh, mo chas!

- Leugh a-mach an dealbh-chluich bheag ann am buidheann de chòignear.
- Tha na tidsearan agus na sgoilearan a' coiseachd-monaidh ann an Stafainn.

The teachers and pupils are hill walking in Staffin. Read the short scene out loud a few times in a group of 5.

The group have been walking for ten minutes when suddenly...

Ruairidh: Aobh! Mo chas! Mo chas!

Carole: Miss MacLeod! Thuit Ruairidh air creag.

Ruairidh: Aobh! Am feum mi a dhol dhan ospadal? A bheil i briste?

Miss MacLeod: Fuirich mionaid, a Ruairidh. Bheir mi sùil. Cuir dhìot do bhròg. Chan fheum. Chan fheum thu a dhol dhan ospadal. Chan eil i briste.

Ruairidh: Aobh, tha i goirt!

No one seems to have much sympathy for Ruairidh...

Miss MacLeod: Dè thuirt mi riut, a Ruairidh? Chan eil brògan spòrs freagarrach airson coiseachd-monaidh! Tha thu cho gòrach.

Ruairidh: Tha mi duilich.

Miss MacLeod: Ceart. Seas suas!

Ruairidh: Chan urrainn dhomh coiseachd.

Miss MacLeod: Ceart. Cò tha dol ga chuideachadh?

Tòmas: Mise agus Anndra.

Miss MacLeod: Tapadh leat, a Thòmais.

Miss MacLeod: Feumaidh sibh a dhol air ais dhan bhus. Bidh sinne air ais aig aon uair deug.

Tòmas: Ceart gu leòr.

Anndra: A Ruairidh, tha thu cho gòrach!

Ruairidh: Aobh, mo chas!

Tòmas: Bi sàmhach agus greas ort!





18. Riaghailtean

- Chaidh na sgoilearan gu diofar àiteachan airson nam pròiseactan aca.
- Leugh na soidhnichean a chunnaic iad.
- Dè tha iad ag ràdh?
- Cuidichidh an tidsear thu.

The pupils have visited various places as part of their own research projects. Here are some of the signs they saw in these places. Read the signs. What do they say? Your teacher will help you.



a.

b.

Caisteal Dhùn Bheagain

Chan fhaod sibh dealbhan a thogail anns a' chaisteal.
Chan fhaod sibh ithe no òl anns a' chaisteal.

c.

Loch Sligeachan

Chan fhaod sibh iasgach anns an loch no anns an abhainn.
Chan fhaod sibh sgudal fhàgail.

d.

Club Camanachd an Eilein Sgitheanaich

Chan fhaod sibh smocadh anns a' chlub.
Feumaidh tu d' ainm a sgrìobhadh anns an leabhar aig an doras.



19. Fàilte gu ÀROS

- Leugh am fiosrachadh mu Àros.
- Tha na sgoilearan a' dol ann.
- Tha soidhne a-muigh ag innse mun àite.
- Sgrìobh am fiosrachadh ann am Beurla.

It's the last afternoon of the trip and the pupils are going to the Àros Centre. There is a sign outside the centre telling people about the attractions on offer. Read the sign and write down as much information as you can about Àros.

Fàilte gu ÀROS

taisbeanaidhean ealain agus eachdraidh

bùth (le leabhraichean, ceòl, cairtean-puist, preasantan is eile)

taigh-dhealbh 

consairtean 

taigh-bidh agus cafaidh 

eadar-lìon an-asgaidh **WI-FI**

fiosrachadh mun Eilean Sgitheanach 



fosgailte a h-uile latha 9m-10f
tha Gàidhlig ga bruidhinn*
Thigibh a-steach! Fàilte oirbh!

(*spoken)

Tha thu deiseil de **Mhodail 1 aonad 3**.

'S math a rinn thu!

- An urrainn dhut na leanas a dhèanamh?
- Obraich còmhla ri caraaid.
- Dèan measadh air do charaid.

Check that you can do the following. Your partner will test you.



'S urrainn dhomh/I can:

- ☐ name some things commonly seen in the countryside
- ☐ ask permission
- ☐ give permission
- ☐ refuse permission
- ☐ ask if I need to do something
- ☐ say that I need to do something
- ☐ say that I don't need to do something
- ☐ recognise and understand the infinitive of some familiar verbs

☐
☐
☐
☐
☐
☐
☐
☐

Faclan is abairtean

***female*

Air an dùthaich

abhainn, an abhainn (f)
 aibhnichean, na h-aibhnichean
 achadh, an t-achadh (m)
 achaidhean, na h-achaidhean
 beinn, a' bheinn (f)
 beanntan, na beanntan
 caora, a' chaora (f)
 caoraich, na caoraich
 cladach, an cladach (m)
 cladaichean, na cladaichean
 coille, a' choille (f)
 coilltean, na coilltean
 craobh, a' chraobh (f)
 craobhan, na craobhan
 creag, a' chreag (f)
 creagan, na creagan
 crodh, an crodh (m)
 croit, a' chroit (f)
 gleann, an gleann (m)
 gleanntan, na gleanntan
 loch, an loch (f)
 lochan, na lochan
 monadh, am monadh (m)
 monaidhean, na monaidhean
 muir, a' mhuir (f)

Needing to do something

Am feum...?

Feumaidh

Chan fheum

Am feum mi tòrr airgid a thoirt leam?

Am feum iad ... a thoirt leatha?

Am feum mi suidhe an sin?

Feumaidh sibh pròiseact rannsachaidh a dhèanamh

Feumaidh tu ... a thoirt leat

Feumaidh sibh a bhith sàmhach

Chan fheum mi ... a thoirt leam

Dè dh'fheumas mi?

Dè dh'fheumas mi a thoirt leam?

In the countryside

river, the river
 rivers, the rivers
 field, the field
 fields, the fields
 mountain, the mountain
 mountains, the mountains
 a sheep, the sheep
 sheep, the sheep
 shore, the shore
 shores, the shores
 wood, the wood (woodland)
 woods, the woods
 tree, the tree
 trees, the trees
 rock, the rock
 rocks, the rocks
 cattle, the cattle
 croft, the croft
 glen, the glen
 glens, the glens
 loch, the loch
 lochs, the lochs
 moor, the moor
 moors, the moors
 sea, the sea

...need?/must...?

'Yes' (in answer to a question beginning 'Am feum?')

'No' (in answer to a question beginning 'Am feum?')

Do I need to take a lot of money with me?

Do they need to take ... with them?

Do I need to sit there?

You must do a research project

You must take ... with you

You must be quiet

I don't need to take ... with me

What do I need?

What do I need to take with me?

Permission

Am faod...?

Faodaidh

Chan fhaod

Chan fhaod sibh smocadh

Am faod sinn ... a thoirt leinn?

Am faod mi dealbh a thogail?

Faodaidh sibh an cuspair a thaghadh

Chan fhaod thu fòn-làimhe a thoirt leat

Chan fhaod sibh dealbhan a thogail

May...?

'Yes' (in answer to a question beginning 'Am faod?')

'No' (in answer to a question beginning 'Am faod')

You may not smoke

May we take... with us?

May I take a photograph?

You may choose the topic/subject

You may not take a mobile phone with you

You may not take photographs

Infinitives (to...)

a bhith

a bhruidhinn

a cheannach

a chluich

a chumail

a chur

a dhèanamh

a dhol

fhàgail

a sgrìobhadh

a thaghadh

a thoirt

to be

to talk

to buy

to play

to keep/to hold

to put

to do/to make

to go

to leave

to tidy

to choose

to take/to bring

Eile

Àitichean-fuirich

baga-droma, am бага-droma (m)

bagaichean-droma, na багаичеаn-droma

beanntan mòra

biadh traidiseanta

Caisteal Dhùn Bheagain

camanachd, a'chamanachd (f)

canùthadh

Ceannard, an Ceannard (m)

ceòl traidiseanta

cidhe

cileagram, an cileagram (m)

cileagraman, na cileagraman

coiseachd-monaidh

Colaiste na Gàidhlig

Dè cho fada?

Druim na Drochaid

Eilean a' Cheò

Other

Places to stay

backpack, the backpack

backpacks, the backpacks

big mountains, the big mountains

traditional food

Dunvegan Castle

shinty, the shinty

canoeing

Headmaster, the Headmaster

traditional music

port/pier/harbour

kilogram, the kilogram

kilograms, the kilograms

hillwalking/rambling

The Gaelic College

How long?

Drumnadrochit

The Misty Isle

foirm, am foirm (m)	form, the form
freagarrach	suitable
geamannan Gàidhealach	Highland Games
glaiste	locked
iasgach	fishing
iomain	shinty
làrach-lìn, an làrach-lìn (f)	website, the website
làraich-lìn, na làraich-lìn	websites, the websites
leth-chileagram	half a kilo
liotair, an liotair (m)	litre, the litre
liotairean, na liotairean	litres, the litres
Loch Nis	Loch Ness
MacGumaraid	Montgomery
a' marcachd	horse riding
NicGumaraid**	Montgomery (female)
ostail	hostel
ostail-òigridh	youth hostel
pacaid, a' phacaid (f)	packet, the packet
pacaidean, na pacaidean	packets, the packets
poca, am poca (m)	bag, the bag
pocannan, na pocannan	bags, the bags
pròiseact rannsachaidh	research project
pròiseact, am pròiseact (m)	project, the project
pròiseactan, na pròiseactan	projects, the projects
Rathad na Coille	Woodland Road
ri dhèanamh	to do/to be done
ri fhaicinn	to see/to be seen
ro 20 an t-Sultain	before the 20th of September
sealladh, an sealladh (m)	view, the view
seallaidhean brèagha	beautiful views
seallaidhean, na seallaidhean	views, the views
sgudal, an sgudal (m)	rubbish, the rubbish
Siorrachd Pheairt	Perthshire
sreap nam beann	mountain climbing
taisbeanadh, an taisbeanadh (m)	exhibition, the exhibition
taisbeanaidhean, na taisbeanaidhean	exhibitions, the exhibitions
togalach, an togalach (m)	building, the building
tuilleadh fiosrachaidh	more information



Sùil air ais 1 An e loch a th' ann?

- Obraich còmhla ri caraaid.
- Dèan measadh air do charaid leis na faclan ùra a dh'ionnsaich sibh mun dùthaich.
- Inns dha do charaid a bheil e/i ceart no ceàrr.
- Gabhaibh turas mu seach.

Work with a partner. Test each other's memories on countryside words learned in this unit. You can give your partner clues and when s/he guesses. Tell them if they are **ceart** or **ceàrr**. Take turn about.

Mar eisimpleir:

Thusa: These animals are usually white and give us wool.

Do charaid: Caoraich?

Thusa: Ceart!





Sùil air ais 2 Air an dùthaich

- Coimhead air air na dealbhan agus na faclan. Tha litrichean a dhìth.
- Lìon na beàrran.
- Feuch nach cleachd thu faclair.
- Cuimhnich! Caol ri caol, leathann ri leathann.

Fill in the correct missing letters to label the pictures in Gaelic. Try not to use your faclair! Remember the Gaelic spelling rule! Broad to broad, slender to slender.

a.



s _ _ _ _ _

b.



c _ _ _ _ _ - m o _ _ _ _ _

c.



_ _ _ _ dh

d.



_ r o _ _

e.



c__ra__

f.




____nn

g.



___d_ch

h.



c__g_n

i.



_a_ù_a_h

j.



_r_b_



Sùil air ais 3 A' canùthadh anns an loch

- Leugh na seantansan Gàidhlig agus Beurla.
- Tha faclan a dhìth.
- Lìon na beàrnan leis na faclan ceart.

Copy and complete the sentences filling in the missing words in each one:

1. Tha caoraich agus crodh anns an _____.
There are _____ and _____ in the field.
2. Tha beanntan àrda anns an E_____ S_____.
There are high _____ in Skye.
3. _____ thu iasgach anns an abhainn.
You may not fish in the _____.
4. Bhon uinneig, chì mi a'mhuir agus an _____.
From the _____ I can see the _____ and the shore.
5. _____ tu canùthadh anns an loch.
You may canoe in the _____.
6. Tha mi ' _____ ann an gleann. Tha _____ faisg air an taigh agam.
I live in a glen. There is a wood near my _____.




Sùil air ais 4 Am feum mi a dhol dhan dotair?

- Leugh na ceistean.
- Freagair na ceistean.
- Sgrìobh na ceistean agus na freagairtean ann an Gàidhlig agus Beurla.

Answer either 'Yes' or 'No' to each of these questions. Write the questions in Gaelic and English.



Am feum thu a dhol dhan dotair?



1. Am feum sinn pròiseact rannsachaidh a dhèanamh?
(Yes)
2. Am faod mi fòn-làimhe a thoirt leam?
(No)
3. Am feum thu a dhol dhan dotair?
(Yes)
4. Am faod sinn a dhol dhan chladach?
(Yes)
5. Am feum thu poca-droma a thoirt leat?
(No)
6. Am feum mi bòtannan a chur orm?
(No)



Sùil air ais 5 An sgìre agam

- Èist ris an earrainn. (Earrann 8)
- Tha Fionnaghal ag innse mun sgìre anns a bheil i a' fuireach – Bun Easain .
- Dè tha ri fhaicinn/ri dhèanamh ann am Bun Easain?

Fiona lives in Buinessan. Listen to her talking about her area and about what there is to see and do there.

- a. Where is Buinessan?
- b. Name 3 amenities that Buinessan has.
- c. What is Fiona's house close to?
- d. Name at least 5 things you can see from her house.
- e. What can you see on the crofts?
- f. Name 3 things you can do in Buinessan.



Tha croitean ann am Bun Easain agus chì thu caoraich agus crodh orra.



Cultar Ceòl mun dùthaich

- Coimhead air na bhidiothan-ciùil. (Earrannan bhidio 1 & 2)
- Tha 'Latha Math' agus 'Eilean Uibhist mo Rùin' le cheile a' dèanamh moladh air an dùthaich.
- Coimhead air na faclan fhad 's a tha thu ag èisteachd ris a' cheòl.
- Dè an t-òran/bhidio as fheàrr leat às na dhà? Inns carson.

Watch the music videos (**Earrannan Bhidio 1 & 2**). Manran's 'Latha Math' and Julie Fowlis' 'Eilean Uibhist mo Rùin' are both songs in which the singers speak fondly of their homeland and the surrounding scenery. Follow the lyrics while you are listening to the music. Which is your favourite of the two songs/videos? Why?



Latha math

Latha math air an Eilean
Eilean Leòdhais mo Ghràidh
Latha math air an Eilean
Dachaigh mo smuaintean gu bràth

Ag èirigh tràth anns a' mhadainn
A' ghrian a' deàrsadh sìos
Tha àile na mara a' tighinn tron uinneig
Tha h-uile duin' an àirde

Tha an abhainn làn le pailteas uisge
Tha am bradan a' tighinn a-rithist
Tha na balaich bheaga shìos air an drochaid
Feuch an glac iad aon no dhà

Tha an t-earrach ann 's na lathaichean fada
Tha na h-uain a' ruith mun cuairt
Tha na bodaich a-muigh a' buain na mònach
Tha an t-àm sin air tighinn a-rithist

Tha a' ghealach shuas 's a' ghrian na cadal
Tha an oidhche nis air tighinn
Tha e sàmhach is ciùin tron an Eilean
Tha e math a bhith beò
Tha e math a bhith beò

A good day

It's a good day on the Island
My beloved Isle of Lewis
It's a good day on the Island
The home of my thoughts forever.

Rising early in the morning
The sun (is) shining down
The sea air comes in through the window
Everybody's up and about

There's plenty water in the river
Tha salmon is coming again
The little boys are down on the bridge
Trying to catch a fish or two

It is spring and the days are long
The lambs are running about
The old men are out cutting the peat
That time has come again.

The moon is out and the sun is sleeping
Night has now fallen
It is quiet and calm on the Island
It's good to be alive
It's good to be alive



Eilean Uibhist mo Rùin

Eilean Uibhist mo rùin
Eilean cùbhraidh nam beann
Eilean Uibhist mo rùin
B' e mo dhùrachd bhith ann
An Eilean Uibhist mo rùin

B' e mo shòlas bhith air m' eòlas
San eilean bhòidheach ud thall
Far am faic mi mo chàirdean
'S gheibhinn fàilte nach gann
An Eilean Uibhist mo rùin

Far am faic mi fir òga
Ghearradh mòine nan deann
'S a ghearradh snasail an t-eòrna
'S a chuireadh dòrlach sa bhann
An Eilean Uibhist mo rùin

Far am faic mi fir liatha
Glic-bhriathrach nan cainnt
Mean-bheachdach sean-eòlach
A' toirt seòladh don chloinn
An Eilean Uibhist mo rùin

Far am faic mi mnathan-uasal
Aoigheil, uallachail, trang
Tha ro-ainmeil nan stòltachd
'S an gnìomh dòigheil nan làimh
An Eilean Uibhist mo rùin

Tha coibhneas is bàigh
'Gabhail àit' ann an com
Gach neach a chaidh àrach
Fo sgàile nam beann
An Eilean Uibhist mo rùin

Bidh aoigheachd is fàilte
Gu bràth feadh nan gleann
Fad 's a bhuaileas air tràigh
Boinne sàile nan tonn
An Eilean Uibhist mo rùin

'S e slàn leis na dh'fhàg mi
Bheir mo dhàn-sa gu ceann
'S le m' phiuthar, 's le m' bhràithrean
'S le m' phàrantan thall
An Eilean Uibhist mo rùin

My beloved island of Uist

My beloved island of Uist
Scented island of the mountains
My beloved island of Uist
My desire is to be there
In my beloved island of Uist

I would be overjoyed to be on familiar ground
In the beautiful island yonder
Where I would see my relatives
And receive a tremendous welcome
In my beloved island of Uist

Where I would see young men
Skillfully cutting peats
Neatly cutting the barley
And tying the sheaf
In my beloved island of Uist

Where I would see gray-haired men
Wise and eloquent in their talk
Precise in their opinions, worldly wise with age
Giving advice to the children
In my beloved island of Uist

Where I would see noble women
Kindly, proud and hard-working
Renowned for their steadiness
And their excellent handiwork
In my beloved island of Uist

There is kindness and affection
That comes from within
Each person reared
In the shade of the mountains
In my beloved island of Uist

There will always be a joyous welcome
Throughout the glens
As long as each salty droplet of the waves
Hits the shore
In my beloved island of Uist

Bidding farewell to those I left
I will bring my poem to a close
To my sister, to my brothers
And my parents yonder
In my beloved island of Uist



2. Coimhead air an eadar-lìon

- Coimhead airson bhidiothan-ciùil air an eadar-lìon.
- Lorg òrain Ghàidhlig mun dùthaich. Bheir an tidsear taic dhut le seo.
- Ma tha tìde agad, faodaidh tu bhidio a dhèanamh airson an òrain a thagh thu. Coimhead a-rithist air **Earrannan Bhidio 1 & 2** airson cuideachadh.

Look on the internet at some Gaelic music videos. Can you find any that praise the scenery/land? Your teacher will help you with this. Share what you found with your group/class. If you have time, you might want to make your own music video for your chosen song. Watch **Earrannan Bhidio 1 & 2** again for ideas.

Obair a bharrachd

Pròiseact rannsachaidh

- Mar a rinn na sgoilearan anns an aonad seo, tha thu fhèin a' dol a dhèanamh pròiseact rannsachaidh.
- Tagh cuspair.
- Bruidhinn ris an tidsear agad mun rannsachadh a tha thu 'n dùil a dhèanamh. Bheir i/e taic dhut.
- Coimhead air na cuspairean gu h-ìosal.
- Tagh cuspair bhon liosta no an cuspair agad fhèin.
- Dèan taisbeanadh airson a' chlas/ a' bhuidhinn agad.
- Bruidhinn Gàidhlig!

You are going to carry out a research project, like the pupils in this unit did. You may choose what topic you research. There are a few ideas below to help you get started. When you have completed your research project, present your topic to your group/class. Try to use as much Gaelic as you can.

Giant MacAskill
Famous Gaels
Famous castles
Local History
The Fairy flag
Job opportunities

Gaelic song
Crofting & fishing
Sabhal Mòr Ostaig
Gaelic Education
Clans/Clan stories/history
Local folklore/legends/stories

Fèisean
Tourism
Shinty
Highland Games



Geamaichean Gàidhealach



'S urrainn dhomh/I can

Use some personal numbers	dithis, trìuir, ceathrar, còignear, sianar...
Say how many people are in my family	Tha còignear nam theaghlach.
Say where someone is from	'S ann à Barraigh a tha mo mhàthair.
Check where someone is from	An ann às Na Hearadh a tha thu?
Say where someone is not from	Chan ann à Glaschu a tha Rab.
Say where I was born and brought up	Rugadh is thogadh mi ann am Peairt.
Name some school subjects	Bith-eòlas, Ceimigeachd, Fiosaigs...
Say that I am/not interested in something	Tha/Chan eil ùidh agam ann...
Make comments about my subjects	Tha ... fada ro dhoirbh, cho tioram, feumail...
Say something is easier than something else	Tha ... nas fhasa na ...
Say something is harder than something else	Tha ... nas dorra/nas duilghe na ...
Say what I think/don't think	Tha/Chan eil mi a's maoineachadh gu bheil...
Say something is situated between two other things	Tha...eadar...agus...
Say something is opposite something else	Tha...mu choinneimh...
Say that I intend/plan to do something	Tha mi 'n dùil...
Use some progressive verbal nouns with pronoun objects	A bheil thu gam thuigsinn? Tha mi gad chluinntinn, Chan eil mi ga dhèanamh, Tha i ga h-iarraidh...
Name some things seen in the country	muir, cladach, beanntan, loch, abhainn, caoraich, crodh, monadh, gleann, creagan...
Name some activities in the countryside	sreap nam beann, coiseachd-monaidh, canùthadh...
Ask what someone needs	Dè dh'fheumas tu?
Ask for permission	Am faod...?
Grant permission	Faodaidh
Refuse permission	Chan fhaod
Ask if someone needs to do something	Am feum...?
Say someone needs to do something	Feumaidh
Say someone doesn't need to do something	Chan fheum
Recognise/understand some infinitives	a chluich, a dhèanamh, a thoirt, a chur...

Dh'ionnsaich mi beagan mu/I have learned a little about:

the Clan System

The School of Excellence for Traditional Music

some Gaelic songs featuring the countryside

a research topic of my choice.

ceum a bharrachd



Ceum a bharrachd 1. Cairt-phuist

- Leugh a' chairt-phuist a sgrìobh Anna.
- Tha i air turas-sgoile.
- Freagair na ceistean.


Anna is on a school trip. Read the postcard she has sent and answer the questions.

Hail!

Ciamar a tha sibh? Tha mi air turas-sgoile anns an Òban. Tha sinn a' fuireach ann an ostail-òigridh agus tha ceathrar anns an rùm agam. Tha an ostail uabhasach snog. Tha e faisg air a' chladach agus chì thu a' mhuir, beinn, na coilltean agus an cidhe bhon vinneig. Tha an t-side ceart gu leòr. Tha i grianach an-diugh, ach bha an t-uisge ann an-dè. Tha sinn uabhasach trang! Chaidh sinn a' Mhuile an-diugh air a' bhàt'-aiseig agus bha sinn a' coiseachd-monaidh agus a' sreap nam beann. Tha Muile cho brèagha - beanntan, lochan, cladaichean agus aibhnichean gu leòr. A-màireach tha sinn an dùil a dhol gu taigh-tasgaidh anns a' mhadainn agus gu caistealfeasgar. Diciadain bidh sinn a' canùthadh no a' marcachd. Abair spòrs! Tha mi a' smaoineachadh gu bheil sinn a' dol a-mach gu taigh-bidh a-nochd agus an uair sin gu consairt ann an talla a' bhaile. Tha an t-Òban a' còrdadh rium gu mòr. 'S e baile beag, snog a th' ann. Tha e fada nas fheàrr na an sgoil co-dhiù!

Feumaidh mi falbh an-dràsta. Chì mi sibh Dihaoine.

Le gaol, Anna xx



D. NicRath
10 Sràid a' Chladaich
Dùn Dè
Alba

1. Where is Anna?
2. Where is she staying?
3. How many are sharing her room?
4. What is the accommodation close to?
5. Name 4 things Anna can see from her window.
6. What does she say about the weather? (Give a detailed answer)
7. a) Where did they go today?
b) What were they doing there?
8. What are their plans for the rest of the week?
9. Translate from "Tha an t-Òban a' còrdadh rium... to ...co-dhiù!"
10. Do you think Anna is writing to a male or female? Explain your answer.



Ceum a bharrachd 2. Cairt-phuist/post-d

- Tha thu fhèin air falbh air saor-làithean no turas-sgoile.
- Sgrìobh post-d no cairt-phuist dhachaigh.
- Coimhead a-rithist air cairt Anna airson cuideachadh.

You are away on holiday or on a school trip. Write a postcard or an e-mail to someone at home. Read Anna's postcard again to help you. Here are some points you might want to include:

1. Where you are
2. Who you are with
3. What the accommodation is like
4. What you have done/seen
5. What you will be doing /intend to do
6. A little information about weather and food
7. Whether you are enjoying yourself or not
8. When you will be back



Ceum a bharrachd 3. Madainn-chofaidh

- Èist ris an earrainn. (Earrann 9)
- Tha am prògram *Dè tha dol?* air Radio nan Gàidheal a' toirt seachad fiosrachaidh.
- Dèan postair ann an Gàidhlig leis an fhiosrachadh agad.

You are listening to the *What's on?* programme on Radio nan Gàidheal. A coffee morning is being advertised. Listen carefully to the information. Use this information to make a poster in Gaelic to advertise the event.



Ceum a bharrachd 4. Sgrìobhadh cuspaireil

- Tagh cuspair bhon liosta.
- Sgrìobh eadar 100 agus 150 facal air a' chuspair.
- Faodaidh tu *Ceumannan*, an leabhar-sgrìobhaidh agad agus faclair a chleachdadh airson cuideachadh.
- An uair a tha thu deiseil, iarr air caraid/an tidsear agad d'obair a leughadh.
- Èist ri beachdan no comhairle sam bith a bhios aca dhut.
- Ath-sgrìobh an obair agad.

Choose to write about one of the topics listed below. You should aim to write between 100-150 words. Use **Ceumannan**, your own notes and a dictionary to help you. When you have finished, ask your partner/your teacher to read your work. Discuss any suggestions they may have to improve your work. Once you are happy with your work, make a neat copy.



An Teaghlach Agam
An Sgìre Agam

An Sgoil
Turas-sgoile